

Blair. 421.

ASSURANCE OF SALVATION.

DEARBH-BHEACHD

AIR

SLAINT.

AON DE'N AIREAMH THAGHTA DE LEABHRAICHEAN
DIADHADHAIDH AIR AN CUR AMACH LE
COMUNN NAN TRACHD ANN AN DUBLIN.

EDINBURGH:
MACLACHLAN AND STEWART,
64 SOUTH BRIDGE.



ASSURANCE OF SALVATION.

E. J. Murray

DEARBH-BHEACHD

AIR

SLÀINT.

AON DE'N AIREAMH THAGHTA DE LEABHRAICHEAN
DIADHAIDH AIR AN CUR AMACH LE COMUNN
NAN TRACHD ANN AN DUBLIN.

EDINBURGH:

MACLACHLAN AND STEWART,

64 SOUTH BRIDGE.

30 MY
1950

DEARBH-BHEACHD AIR SLÀINT.

Is fìor luachmhor *dearbh-bheachd* air slàint do'n anam. Is nì so a ta cho luachmhor, soilleir, féumail ann-féin, ionnus gu'n saoilamaid nach bitheadh aobhar idir air aon fhocal a ràdh chum a luachmhorachd a dhearbhadh, no idir a sparradh air neach sam-bith, gidheadh nach iomadh neach a dh-fhaodas an leabhran so a léughadh, aig nach 'eil an *dearbh-bheachd* so fathast. Is ànn ris a' mhuinntir a ta anns an staid bhochd sin a b'àill leam labhairt gu soilleir, dileas, dìreach, teànn anis.

Agus anis, matà, a léughadair ionmhuinn, smuainich gu cùramach mar bhuineas a' cheirt so do shlàint agus do shìth d'anama. Tha thu nis a' creidsinn gu'm bheil Dia ànn; gur è am Biobull focal Dhé; gu'n tig am bàs agus an déigh sin breitheanas, agus theirinn gu'm bheil thus' ag iarraidh a bhi air d' uallachadh a chum seasamh saor air deas làimh Dhé air an là mhòr: a dh'aon fhocal, faodaidh gur aon thusa de'n àir-eamh lìonmhoir sin a ta nis ag aontachadh le uile fhìrinnibh an t-soisgeil, agus a tha gu tric fo chùram mu nithibh mòra na sìorruidheachd gun smuaineachadh riamh fathast air a' cheist mhòir agus shìorruidh so, eadhon *dearbh-bheachd* no

cìnnteas air slàint d'anama féin, a làn-shocrachadh eadar thu-féin agus Dia. Is è do dhòchas air uairibh gur Crìosduidh thu, agus air uairibh eile bithidh eagal ort nach eadh. Ach ma dh-fhaighnichear dhìot anis, no air àm eile, Am *bheil fios* agad gur fìor Chrìosduidh thu? An urrainn thus' a ràdh le fìrinn gur eadh? An urrainn thu ràdh gun bhréig, Tha *dearbh-bheachd* agam air slàint m'anama? no am féumadh do chridhe aideachadh nach d'fheuch thusa riamh fathast gu beò-dhùrachdach ris a' cheist so a shocrachadh eadar thu-féin agus Dia? Thoireadh anis coguis gach aoin, a léughas na briathran so, breth co dhiubh a tha, no nach 'eil iad ag innseadh staid a chridhe.

Agus ciamar is urrainn thus' a bhi beò gun fhios cìnnteach agad air a' chuis luachmhoir so? Na'm b'ain-diadhach thu ann do smuaintibh, a' deanamh tàire mar tha, mo chreach! mòran a' deanamh, araon air ainm Chrìosd, agus air ùghdarras Dhé—a' deanamh fala-dhà de'n pheacadh, agus ri fanaid air gach guth a chluinneas tu mu'n t-sìorruidheachd—ged bu bhrònach, truagh do chor mar sin, cha b'iongantach idir è. Mur bitheadh tu 'creidsinn idir ann an Dia, cha b'iongantach ged bhitheadh tu toilichte gun *dearbh-bheachd* agad air fàbhar Dhé. Mur bitheadh sùil idir agad ri sonas an déigh do bhàis, cha b'iongantach idir ged nach cuireadh tu mòr dhràgh ort-féin an diugh, a chum thu-féin ullachadh air a shon. Ach mur ain-diadhach, no mì-chreideach thu, am bheil thu coma do nithibh sìorruidh? am bheil d'inntinn gu léir air a lìonadh suas le nithibh aimsireil—air a toirt gu làn do thoil-inntinn na beatha so, gun smuaineachadh idir air d'anam,

agus air sìorruidheachd, agus air Dia, agus air Criosd, agus air breitheanas ri teachd—gu dearbh bu mhòr an t-aobhar bròin do dhoille agus d'amaideas mar sin, ach cha b'iongantach idir thus a bhi beò gu toilichte gu'n *fhlìos* idir agad mu nithibh do nach 'eil spéis no sùim air-bith agad. Ach ma tha thus' a' creidsinn anns na nithibh sin, no ag aideachadh a bhi 'creidsinn ànnta, no fo chùram mu do shonas sìorruidh; agus thu air uairibh mar gu'm bitheadh tu gu dùrachdach ag iarraidh slàinte; agus tusa fathast beò o sheachduin gu seachduin, o mhios gu mìos, agus o bhliadhna gu bliadhna ann an cor cho neo-chinnteach mu thimchioll do shlàinte—is neònach—iongantach—uamhasach an nì è—gu dearbh!

Cha b'àill leat idir fantuinn neo-chinnteach mu nithibh luachmhor eile. Is maith is aithne dhuit ciod è sin seasamh ri taobh leapa anns am bi do charaid gràdhach a' fulang fo thinneas; abair pàrant,—do phiuthair, no do bhean—do mhac, no do nighean, 'us tus' a'feitheamh le imcheist agus fo phianadh cridhe ri barail an dochd-adair mu thimchioll do charaid—a' bharrail leis am bi do mhisneachd air a beothachadh suas, no do dhòchas air a ghearradh sìos—d'eagal air a mheudachadh, no air a sgapadh air falbh. Am b'àill leat a bhi fad ùine neo-chinnteach mu chùid mar sin? Am bitheadh sin socrach leat? Cò nach fhac an imcheist mhòr agus am mì-fhoighidid leis am feithear amhàin le luchd-coimhid ann an cùirt-cheartais ris a' bhinn a bheirear amach leis a' bhreitheamh, 'nuair nach 'eil fios co dhiubh is è binn beatha no bàis a bheirear air a' chiontach? Agus ma bhitheas eagal cho tròm

sin orra-san nach 'eil ach 'n an luchd-coimhid amhàin, smuainich air pìan a' phrìosanaich féin, agus arist air pìan a chàirdean, agus iad a' crith 'n an cridheachan, agus iad mar gu'm b'eadh a' léughadh binn a' phrìosanaich ann an gnùis a' bhreitheimh, mu'm bi i air a toirt amach ! Ach ged is drùighteach sealladh mar sin, is beag è ('mach o cheangal ri staid shìorruidh a' chiontaich) ann an coimeas ris a' cheist so, eadhon slàint shìorruidh do d'anam. O na'n creideadh tusa da rìreadh gu'm bheil Dia ānn, gu'm bheil nèamh, ifrinn, agus Slànuighear ānn, ciamar a b'urrainn sith a bhì agad gus am biodh fios cinnteach agad gur è an Slànuighear sin do Shlànuighear-sa—gu'm bheil thu air do shaoradh o ifrinn, agus gur è n'āmh d'ait còmhnuidh agus d'aoibhneas sìorruidh. Is iongantach gu'm b'urrainn thu biadh itheadh, no laidhe air do leabaidh, no obair sam-bith eile 'dheanamh gus am bi ceist mhòr so na sìorruidheachd air a socrachadh leat.

Cuimhnich, mo léughadair ionmhuinn, gu'm bheil thu air a' cheart mhionaid so, an dara cuid fo thlachd, no fo fheirg Dhé, agus gu'm bheil thu gun teagamh air-bith an dara cuid a' greasad air d'aghaidh gu nèamh no gu ifrinn. Am bheil thusa, matà neo-chinnteach cò an t-sligh air am bheil thu nis a' gluasad ? Am bheil thu fathast gun fhios agad, co dhiubh is ānn air an t-sligh ghlain sin a tha gu dìreach a' treòrachadh gu nèamh, no air an t-sligh dhorch sin a tha gu lùbach a' treòrachadh gu ifrinn, a tha thu nis ag imeach ? ma tha thu neo-chinnteach cò an céum air am bheil thu, cuimhnich cha n-atharraich do neo-chinnteach a' chùis idir. Gabhaidh tu do

thurus ann an carbad air rathad-iaruinn 'nuair a dh-fhàgas è am baile-mòr. Ach mu'n téid thu fad air d'aghaidh air an t-sligh, faighnichidh aon de do cho-luchd-turuis dhìot càit am bheil thu 'dol? "Cha n-'eil mì ro chìnnteach," their thu ris, "ach tha mi 'an dòchas gu'm bheil mì air an sligh gu Dun-Eidin." "Gu Dun-Eidin, a dhuine? Is ānn a tha thu dìreach air an rathad gu Soutampton!" "Tha mì 'an dòchas nach ānn," their thu; "ach bha teagamh agam air a' chùis; cha robh mì làn chìnnteach ach fathast, is è mò dhòchas gu'n ruig mì Dun-Eidin." "A dhuine," arsa do chōmpanach, "cha ruig, cha ruig, tha do chùlaobh ris a' bhaile sin, agus gach mìle théid thu air d'aghaidh, tha thu mìle na's fhaide air falbh o Dhun-Eidin, agus mìle na's fhaisg' air Soutampton. Gabh comhairle, agus leum amach às a' charbad aig a' cheud àit-seasaimh a ruigeas è." Ach, mo léughadair, is maith is aithne dhuit-sa an rathad a ghabhail na's feàrr na sid, 'an àm dhuit a bhi 'dol air astar. Is maith is aithne dhuit, ma bhitheas tu neo-chìnnteach cò an rathad air am bheil thu 'dol, nach atharraich sin firinn na cùis' idir; agus air an aobhar sin, nì thu thu-féin cìnnteach mu'n t-sligh, mu'm falbh. Ach do thaobh na ceiste mòire so, BEATHA SHIORRUIDH, NO BAS SHIORRUIDH, ceadaichidh tu dhuit-féin fantuinn neo-chìnnteach. Ach cuimhnich gu'm bheil thu nis a' greasad le luathas a's mò na luathas an rathaid-iaruinn, gu sonas sìorruidh, no gu dòruinn shìorruidh. Co aca sligh dhiubh sin air am bheil thu?. "Cha n-'eil mì ro chìnnteach," their thu, Mur 'eil, faodaidh tus' a bhi nis gun fhios agad, air an t-sligh gu sgrios shìorruidh. "Is è mo

dhòchas nach 'eil," their thu. Ach cha n-atharr-
aich an dòchas lòm sin a' chùis—tha ì fathast
mar bha ì roimhe, fhad 's a bhitheas tusa neo-
chinnteach. Ma tha thu nis air an rathad gu
sgrios, is mealltach do dhòchas, agus tha thusa air
do mhealladh air d'aghaidh leis, ach cuimhnich
cha n-urrainn an dòchas dorcha sin a th'agad-sa
sligh sgriosail a thionndaidh gu sligh na beatha
dhuit. Cha n-urrainn è, is è nach urrainn. Agus
ma tha thu nis air sligh na saorsa fo dhearb-
bheachd air do theàrnadh, agus air do thurus a
dh-ionnsuidh a' bhaile nèamhaidh, nach è gu mòr
a's feàrr, a chum do shìth agus d'astar a chur air
aghaidh, làn fhios cinnteach a bhi agad air sin.

Ma tha do choguis air a dùsgadh gu ceart, ma
tha thu an làthair Dhé, a' faicinn meud agus
truimeid a' chionta agus an dìtidh a ta ceangailte
riut do thaobh do nàduir agus do chleachdaidh;
seadh ma tha ceart mhothachadh agad air na
nithibh sin, cha n-urrainn sìth a bhi aig d'anam
a dh-eashuidh *dearbh-bheachd*. Faodaidh nach
fhaigh thu *dearbh-bheachd* air bàll, no cho luath
's a dh-ìarras tu è, ach is beag, bochd do shìth gus
am faigh thu è. Is coigreach do shìth thu, oir
cha b'aithne dhuit sìth riamb, gus am bi a' cheist
so air a socrachadh. Ho! b'fheàrr gu'm moth-
aicheadh sluagh plàigh a' pheacaidh, truimead
cionta agus dìtidh; na'n deanadh iad sin, cha bu
leòr leo idir an t-iompachadh faoin, falamh,
goirid leis am bheil mòran toilichte gu tric air an
là an diugh,—iompachadh a's tric a sheargas ás,
ach beag cho luath 's a thig è.

Ach, a léughadair, guidheam ort anis, na gabh
fois gu bràth gus am faigh thu *dearbh-bheachd*

air slàint. Mur ìnnseadh Dia dhuit gu soilleir gu'm faod thu am beannachd so 'fhaotuinn maille ri beannachdan eile an t-soisgeil, bu ni eile sin. Ach is gnothach ro chudthromach do shlàint shìorruidh gu 'fàgail an crochadh air barail, no air "ma dhaoite." Na gabh fois idir geda b'urrainn ~~tha~~ ràdh, "Tha mì 'an dòchas gu'm bi mì air mo theàrnadh," no "tha mì ag earbsa gu'm bheil mì air an t-sligh gu nèamh." An dara cuid *tha ar peacaidhean air am maitheadh dhuinn, no cha n-'eil.* An dara cuid, is sinne "*clànn Dhé tre chreidimh ann an Crìosd,*" no is "clànn feirge sinn eadhon mar chàch." Faodaidh tusa, ma's àill leat, ìnnseadh le cìnntas cò an staid dhiubh sin anns am bheil thu-féin. Ho ! matà, na gabh fois gus am bi thu làn chìnnteach. Na'n robh do thigh a' losgadh seachad, agus tusa neo-chìnnteach an gabhadh an lasair casgadh, nach bu bheag d'fhois gus am bitheadh tu làn chìnnteach gu'n robh do thigh air an làimh shàbhailt. Na'n d'fhuair thu litir leis a' phost a dh'fhàgadh neo-chìnnteach thu gus an tigeadh an ath phost, nach do chaill thu do chuid uile de'n t-saoghal, agus gu'n robh thu féin, do bhean 'us do chlān ann an cunnart a bhi air bhur fàgail mar bhaigearan truagh, nach bu bheag d'fhois air an àm sin? Na'n cluinneadh tu gu'n do bhual long, anns an robh caraid dìleas dhuit, air creig agus gu'n do chailleadh a' chuid a's mò de na bha air bòrd, ach gu'n robh beagan air an teàrnadh, gun fhios agad an robh do charaid féin air a theàrnadh, nach bu mhòr d'imcheist agus do mhi-fhois gus an cluinneadh tu le cìnntas an robh do charaid beò no marbh? Gu cìnnteach dh-fhaodadh Crìosduidh a

bhi air a chumail ann an sìth, eadhon ann an staid mar sin, no ann an staid na's cruaidhe. Ach is ānn le eòlas air a Shlànuighear agus air a Dhia a gheibheadh è an t-sìth neartachaidh sin. Ach ciod is fhiach na nithe sin ann an coimeas ris a' cheist mhòir so mu'm bheil thusa fathast neo-chinnteach? Ma sheallas tu suas ri Dia, agus thu gun fhios agad an è d'Athair è ann an Criosd :—ma sheallas tu suas gu nèamh, agus thu gun fhios agad am bheil oighreachd dhuit an sin ; —ma sheallas tu sìos gu ifrinn, fiosrach gu'n robh thu toilltinneach oirre agus buailteach dhì, agus thu gun fhios agad am bheil thu air do shaoradh o'n fheirg ri teachd! Agus ma smuainicheas tu cho neo-chinnteach 's a tha do bheatha ghoirid air thalamh, agus air cho cinnteach 's a tha là teachd Chriosd ann an cumhachd agus ann an glòir, nach fhada gus an tig è co aca 'bhitheas tusa beò gu 'theachd 'fhaicinn no nach bi ! Seadh 'nuair a smuainicheas tu air sin, agus thu gun fhios agad na'n tigeadh Criosd an diugh an ānn a chum thus' a ghabhail d'a ionnsuidh féin, no chum peanas a dheanamh ort le sgrios shìorruidh 'g a d'fhuadach air falbh uaith-féin, agus o ghlòir a chumhachd ! Ma laidheas tu sìos air an oidhche, agus thu gun fhios agad nach fosgail thu do shùilean ann an sgrios na h-ifrinn ! cionnus is urrainn fois a bhi agad, fhad 's a bhitheas na ceistean sin air am fàgail gun socrachadh leat? Gu'n deònaicheadh Dia, iad drùigheadh éifeachdach a dheanamh air do choguis, chum nach gabh thusa fois aon mhionaid tuilleadh gus am bi làn fhios cinnteach agad gu'n " deachaidh tu thairis

o bhàs gu beatha"—seadh fios gu'm bi thu air do theàrnadh gu sìorruidh.

I.—Gheibhear air an àm so mòr theagamh, no mòr neo-chinnteach air a' chùis so ameach Chrìosduidhean—tha so air sgaoileadh gu farsuinn ameach sluaigh—Chrìosduidhean neo-chinnteach am fìor Chrìosduidhean iad no nach eadh. Ach is è teagasg an Tiomnaidh Nuaidh—teagasg an t-Soisgeil—gu'm faod Chrìosduidhean fios cìnnreach a bhi aca, agus gur còir dhoibh fios cìnnreach iarraidh, am fìor Chrìosduidhean iad no nach eadh. Is còir fios cìnnreach, agus faodaidh fios cìnnreach a bhi aig gach Chrìosduidh am bheil, no nach 'eile è ann an Crìosd. Is ànn a chum Chrìosduidhean a tha Litrichean nan Abstol air an sgrìobhadh, agus a chum muinntir aig an robh fios gu'm bu Chrìosduidhean iad—muinntir aig an robh mar sin fios gu'n robh iad air an teàrnadh. Tha uile theagasg nan Litrichean sin a' treòrachadh a chum *dearbhbheachd air slaint* a thabhairt do Chrìosduidhean, agus a chum an làn dhaingneachadh anns an *dearbhbheachd* sin. Anns gach comhairle no earail a ta air a toirt do Chrìosduidhean anns an Litrichean nan Abstol, gheibhear iad air an aideachadh mar Chrìosduidhean, no mar muinntir aig an robh fios gu'm bu Chrìosduidhean iad féin. Is ànn air sin a tha gach togradh a chum am beatha 'chaitheamh gu diadhaidh air a stéidheachadh. Tha dhà no trì earrainnean anns na Litrichean, a dh-fhaodas cuid a thogail mar dhearbhadh nach robh fios cìnnreach aig na ceud Chrìosduidhean gu'n robh iad air an teàrnadh, ach an uair a rànsaichear na h-earrainnean sin ann an co-cheangal ris a' cho-theagasg, tha iad a' dearbhadh

gu'n robh *dearbh-bheachd air slàint aig* na ceud Chrìosduidhean. A dh-easbhuidh an dearbh-bheachd so cha n-urrainn sìth, no cumhachd thairis air a' pheacadh, no neart gu Dia a ghlòrachadh, no aoibhneas ann an sùil ri teachd Chrìosd, a bhi aig anam air-bith.

Cho luath 's a ghairm ar Slànuighear beannaichte àireamh dheisciobul m'a thimchioll féin, daoine 'bha air an teagasg le Dia an t-Athair a chum Chrìosd, Mac an Dé bheò, aithneachadh agus aideachadh, thòisich è ri focail soluis, aoibhneis agus sòlais a labhairt ris na deisciobuil sin anns na briathraibh so ag ràdh, "Na bitheadh eagal ort, a threud bhig; oir is è deadh thoil bhur n-Athar an rìoghachd a thoirt duibh." *Lùc.* 12. 32. "Na deanaibh gàirdeachas airson gu'm bheil na spioraid fo bhur smachd; ach deanaibh gàirdeachas airson gu'm beil bhur *n-ainmean sgrìobhta anns na nèamhan.*" *Eòin* 10. 20. "Gu deimhin, deimhin tha mi ag ràdh ribh, An ti a dh'éisdeas ri m' fhocal-sa, agus a tha 'creidsinn anns an ti a chuir uaith mi, *tha a' bheatha mhaireannach aige agus cha tig e chum dìtidh;* ach chaidh e thairis o bhàs gu beatha." *Eòin* 5. 24. "Tha mo chaoraich-sa ag éisdeachd ri m' ghuth, agus is aithne dhomh iad, agus leanaidh iad mi: agus bheir mi a' bheatha mhaireannach dhoibh; agus cha sgriosar iad am feasd, ni mò a spionas neach air-bith às mo làimh iad." *Eòin* 10. 27, 28. Nach fios cinnteach sin? Agus aríst an déigh aiseirigh Chrìosd gheibhear è ag ainmeachadh a shluaigh mar a chuideachd féin, ag ràdh, "Ach imich chum mo bhràithrean, agus abair riu, Tha mise 'dol suas chum m' Athar féin agus bhur n-Athar-se, agus chum mo Dhé

féin agus bhur Dé-se.” *Eòin* 20. 17. Am b’ur-rainn iadsan, a fhuair an teachdaireachd sin, aon teagamh a bhi aca do thaobh an slàinte? Bha na briathran sin air an labhairt riu, mar a bhràithrean, leis an t-Slànuighear an déigh dhà éirigh o na mairbh, a’ teagasg dhoibh gu’m b’è ‘Athar féin an Athair-san—a Dhia-san an Dia-san—ciamar, matà, ‘b’ur-rainn teagamh idir a bhi aca?

Tha Litrichean nan abstol Air an sgrìobhadh a chum na muinntir sin a bha ’n an Crìosduidhean agus aig an robh fios gu’m bu Chrìosduidhean iad. A’ cheud Litir air a sgrìobhadh “Chum nan uile a tha ’s an Ròimh, air an gràdhachadh le Dia, air an gairm gu bhi ’n an naoimh.” *Ròm.* 1. 7. Cò nis a b’ur-rainn an Litir so a ghabhail mar tha i air a sgrìobhadh d’an ionnsuidh an so? Cò ach iadsan a bha fiosrach gu’n robh iad air an gairm mar so le Iosa Crìosd, agus air an gràdhachadh le Dia. Air an dòigh chéudna gheibhear a’ cheud Litir chum nan Corintianach air a sgrìobhadh “chum eaglais Dhé, a tha ann an Corintus, chum an dream a tha air an naomhachadh ann an Iosa Crìosd, air an gairm gu bhi ’n an naoimh.” *1 Cor.* 1. 2. Tha an dara Litir chum nan Corintianach air a sgrìobhadh “chum eaglais Dhé, a tha ann an Corintus, maille ris na h-uile naoimh a tha ann an Achaia uile.” *2 Cor.* 1. 1. Gu cinnteach bha sluagh ann an Corintus aig an robh fios gu’m b’iad “eaglais Dhé” ’s an àit sin, no gu’n robh iad air an àireamh amearg nan “uile naomh ann an Achaia uile.” Ach cha ruigear a leas tuilleadh a ràdh air gach cùis fa-leth dhiubh sin. Tha’n Litir chum nan Ephésianach air a sgrìobhadh a dh-ionnsuidh “nan naomh a ta ann

an Ephesus, agus nan creidmheach ann an Iosa Criosd." *Eph.* 1. 1. Tha'n Litir chum nam Philipianach a dh-ionnsuidh "nan naomh uile ann an Iosa Criosd, a tha ann am Philipi." An Litir chum nan Colosianach a dh-ionnsuidh "nan naomh agus nam bràthair dileas ann an Iosa Criosd, a tha ann an Colose." An Litir chum nan Tesalonianach, a dh-ionnsuidh "eaglais nan Tesalonianach, a tha ann an Dia an t-Athair, agus anns an Tighearn Iosa Criosd." Sin na briathran anns am beilear a' labhairt ris na naoimh ann an Tesalonica. Chithear gu soilleir o gach fàilteachadh dhiubh sin gu'm beilear ag aideachadh nan Criosduidhean ud mar mhuinntir aig am bheil fios gur ann d'an ionnsuidh féin a thatar a' sgrìobhadh; agus tha na h-aiumean, leis am beilear a' labhairt riu, a' dearbhadh gu'n robh fios aca gu'm bu Chriosduidhean iad-féin.

Ach cha n-ānn amhàin ann an toiseach nan Litrichean a gheibhear a' mhuinntir, gus an robh iad air an sgrìobhadh, air an comharrachadh amach mar Chriosduidhean. Gheibhear an t-ainm mòr sin air a thoirt doibh eadar dà cheànn gach Litreach, agus mar sin a' dearbhadh gu soilleir gu'n robh *dearbh-bheachd air slàint*, araon aca-san a sgrìobh na Litrichean, agus aca-san a chum an robh iad air an sgrìobhadh. Tha sin soilleir o na briathran a leanas:—"Uime sin air dhuinne '*bhì air ar fireanachadh* tre chreidimh, tha sìth againn ri Dia, tre ar Tighearn Iosa Criosd." *Ròm.* 5. 1. "Air an aobhar sin cha n-eil a nis dìteadh sam bith do'n dream sin a tha ann an Iosa Criosd. Tha an Spiorad féin a' deanamh fianuis maille r'ar spiorad-ne, gur sinn clann Dhé." *Ròm.* 8

1, 16. Tha na briathran so air an toirt o aon Litir; ach is beag sin de na gheibhear cosmhuil riu anns an Litir sin. Faiceamaid anis ciod a thatar ag ràdh ann an Litir eile, “A nis fhuair sinne cha-n e spiorad an t-saoghail, ach an Spiorad a tha o Dhia; chum gu’m bitheadh aithne againn air na nithibh sin a thugadh dhuinn gu saor o Dhia.” 1 *Cor.* 2. 12. “An e nach ’eil fhios agaibh gur e bhur corp teampull an Spioraid naoimh a tha annaibh, a tha agaibh o Dhia, agus cha leibh féin sibh.” 1 *Cor.* 6. 19. Ciod anis bu chiall do na briathraibh sin, no carson a bha iad air an sgrìobhadh leis an Abstol, mur robh è fo bheachd gu’n robh fios aig a’ mhuinntir, gus an robh è a’ sgrìobhadh, gu’m b’iad mar tha e-féin ag ràdh, teampull an Spioraid Naoimh? gu’m buineadh iad do Chrìosd, agus nach bu leoféin iad? Agus “A nis an ti a dhaingnicheas sinne maille ribh-se ann an Crìosd, agus a dh’ùng sinn, is e Dia: neach mar an ceudna a chuir seula oirne, agus a thug dhuinn geall-daingnich an Spioraid ann ar cridheachaibh.” 2 *Cor.* 1, 21, 22. Sluagh air an daingneachadh le Dia ann an Crìosd; air an ùngadh leis an ùngadh sin a theagaisgeas na h-uile nithe: (Faic 1 Eòin 2. 27.) agus an lorg sin a bhi gu cìnnteach air an séulachadh, no sinn air ar comharrachadh mar mhuinntir air an gabhail le Dia mar a chuid féin; agus an Spiorad aca cha n-ànn amhàin mar ùngadh agus mar shéula, ach fòs mar gheall-daingnich—mar roimh-bhlàs anis air an aoibhneas shìorruidh ri teachd—cionnus a b’urrainn sin uile ’bhi aig muinntir gun dearbh-bheachd air slàint? “Oir tha fios againn, na’n sgaoilteadh o chéile ar tigh

talmhaidh a' phàilliuin so, gu bheil againn aitreabh o Dhia, tigh nach do thogadh le làmhan, sìorruidh anns na neàmhàn." 2 *Cor* 5. 1. Anis, a léugh-adair, nach *dearbh-bheachd* sin? Am b'urrainn dearbh-bheachd na's soilleire, no na's cìnttiche na sin a bhi air 'ainmeachadh? Cha n-ionann sin idir 's an teagamh agus na smuaintean agus a' chainnt neo-chìntteach a gheibhear gu ro thrìc aig sluagh an là an diugh air a' chùis so. Cha n'eilear ag ràdh idir an so, mar chluinnear mòran ag ràdh an diugh, "Tha m' earbsa gu'm bi mì ceart mu dheireadh;" "cha n'eil mì gun dòchas idir." Ach cha n-ànn mar sin a gheibhear an t-Abstol a' labhairt; cha n'eil è idir ag ràdh "nach 'eil è cìntteach"—cha n'eil eagal air gur dānadas dhà labhairt air a' chùis le cìntteas. Is è nach 'eil idir, idir; ach "Tha fios againn gu bheil AGAINN aitreabh o Dhia," sin anis a bhriathran soilleir air an labhairt gun eagal, gun teagamh, gun imcheist.

Gheibhear làn dearbh-bheachd anns na briathraibh a leanas o Litrichibh eile:—"Agus do bhrìgh gur mic sibh, chuir Dia Spiorad a mhic féin ann bhur cridheachaibh, ag éigheach, Abba, Athair." *Gal.* 4. 6. Agus arist, "Anns an do chuir sibhse mar an ceudna (sin ri ràdh ann an Crìosd) dòchas, an déigh dhuibh creidsinn àn, chuireadh seula oirbh le Spiorad naomh sin a' gheallaidh, neach a's e geall-daingnich ar n-oighreachd-ne." *Eph.* 1. 13, 14. Is dearbhadh soilleir na briathran sin gu'n robh dearbh-bheachd air slàint aig a' mhuiinntir gus an robh iad air an sgrìobhadh. Ach bheirear tuilleadh dearbhaidh o'n Litir chum nan Ephésianach, an déigh so.

Ann an sgrìobhadh a dh-ionnsuidh nan naomh ann an Colose, tha'n t-Abstol a' labhairt air a shon féin agus air an son-san mu "thabhairt buidheachais do'n Athair, a rinn sinne iomchuidh chum a bhi 'n ar luchd comh-pàirt a dh'oighreachd nan naomh 's an t-solus : a *shaor sinn* o chumh-achd an dorchadais, agus a *dh'atharraich* sinn chum rioghachd Mic a ghràidh-san : anns am *bheil againn saorsa* tre 'fhuil-san, eadhon maitheanas nam peacadh." *Col.* 1. 12-14. An so cha n-'eil ag, no teagamh air-bith. An so cha n-'eil beachd neo-chinnteach ; ach dearbh-bheachd cho soilleir agus cho làn 's a b'urrainnear ainmeachadh. Siun air ar deanamh iomchuidh—air ar saoradh—air ar n-atharrachadh—anns am *bheil againn saorsa* tre 'fhuil-san ! A chinnteis shona, bheannaichte ! Gu'm b' ann a bhitheas an dearbh-bheachd so air a dheanamh soilleir araon do chridhe an neach a sgrìobh, agus do chridhe gach aoin a léughas an leabhran so !

So anis dearbhadh soilleir, dìreach eile, "Eadhon Iosa a shaor sinne o'n fheirg a tha ri teachd." 1 *Tes.* 1. 10. "Oir cha d'òrduich Dia sinn chum feirge, ach chum slàint 'fhaotuinn tre ar Tighearn Iosa Crìosd." 1 *Tes.* 5. 9. Agus arìst, "Do bhrìgh gu'n do thagh Dia sibh o thùs chum alàinte, tre naomhachadh an Spioraid, agus creid-sinn na fìrinn." 2 *Tes.* 2. 13. Agus an déigh sin, "A nis gu'n tugadh ar Tighearn Iosa Crìosd e-féin, agus Dia, eadhon ar n-Athair-ne, a ghràdh-aich sinn, agus a thug dhuinn solas sìorruidh, agus dòchas maith tre ghràs, comhfhurtachd do 'ur cridhe-sa, &c. 2 *Tes.* 2. 16.

Sin anis mar gheibhear an t-Abstol a' labhairt

uime-féin agus mu thimchioll nan creidmheach ann an Tesalonica, ag innseadh gu'n do shaor Iosa iad o'n fheirg a tha ri teachd, nach robh iad air an òrduchadh chum feirge, ach a chum slàint 'fhaotuinn, gu'n robh iad air an taghadh le Dia o thùs chum slàinte, gu'n robh iad air an gràdhachadh le Dia an t-Athair, agus leis an Tighearn Iosa Crìosd a thug dhoibh sòlas sìorruidh, agus dòchas maith tre ghràs. Am bheil am faileas a's lugha de theagamh air 'ainmeachadh an sin, no ni sam-bith cosmhuil ris na teagamhan agus na h-eagalan suarach gun chrìch, a chluinnear cho tric ameasg Chrìosduidhean air an là an diugh, agus a tha, mo chreach ! air am meas agus air an caidreachadh le ro mhòran, mar dhearbhadh air irioslachd, agus mar dheadh chomharradh air obair nan gràs anns an anam ?

Ann an rànnachadh nan Litrichean gheibhear Pòl a' labhairt le muinighin mu Thimoteus mar "fhìor mhac anns a' chreidimh:" agus chan-fhaighear teagamh, no neo-chinnteach air-bith ann am briathraibh Phòil, an uair a tha è 'labhairt air 'ìompachadh féin. Tha è gu dìreach ag ràdh gu'm e-féin "an ceud-fhear de pheacach," ach tha è ag ràdh bàll dìreach an déigh sin, "Gidheadh, air a shon so fhuair mi tròcair, chum gu'm foillsicheadh Crìosd annam-sa air tùs, an uile fhad-fhulangas, mar shaimpleir dhoibh-san a chreideadh ann, an déigh so, chum na beatha maireannaich." 1 *Tim.* 1. 15, 16. Ann an comhairleachadh agus ann am misneachadh Thimoteuis, tha Pòl ag ràdh ris, "Bitheadh do chuid agad a dh'àmhghar an t-soisgeil, a réir cumhachd Dhé; a shaor sinne agus a ghairm

sinn le gairm naomh.” 2 *Tim.* 1. 8, 9. Seadh A SHAOR SINNE. Sin anis an *dearbh-bheachd* anns an do sheas an t-Abstol Pòl, agus ghabh è ri Timoteus mar aon aig an robh an *dearbh-bheachd* céudna. Agus tha Pòl a’ labhairt ri Titus leis a’ mhuinighin chéudna, ag ràdh “Cha’n ann o oibribh fìreantachd a rinn sinne, ach a réir a thròcair féin shaor e sinn, tre ionnlad na h-ath-ghineamhuinn, agus ath-nuadhachadh an Spioraid naomh : a dhòirt e oirnne gu saoibhir, tre Iosa Criosd ar Slànuighear; chum air dhuinn bhi air ar fireanachadh tre a ghrà-san gu’m bitheamaid air ar deanamh ’n ar n-oighreachaibh a réir dòchais na beatha maireannaich.” *Tit.* 3. 5-7.

Seallamaid anis ann an sgrìobhadh an Abstoil Pheadair, agus gheibh sinn an fhianuis chéudna an sin. Ann an toiseach ceud Litir Pheadair gheibhear è a’ labhairt le mòr thàingealachd agus le mòr aoibhneas, ionnus gu’m bheil è làn shoilleir gu’n robh *dearbh-bheachd* làidir, làn air slàint araon aige-féin agus aig a’ mhuinntir gus an robh a Litir air a sgrìobhadh. Mar so tha e ag ràdh. “Gu ma beannaichte gu robh Dia agus Athair ar Tighearna Iosa Criosd, neach a réir a mhòr-thròcair, a dh’ath-ghin sinne gu beò-dhòchas, tre aiseirigh Iosa Criosd o na marbhaibh, chum oighreachd neo-thruaillidh, agus neo-shalaich, agus nach searg as, a tha air a coimhead ’sua nèamhaibh dhuibhse, a tha air bhur coimhead le cumhachd Dhé tre chreidimh chum slàinte, a tha ullamh r’a foillseachadh ’san aimsir dheireannaich.” 1 *Pead.* 1. 35. Bha *dearbh-bheachd* cho cinnteach, caithreamach aig an t-sluagh so, ionnus gu’m b’urrainn iad “mòr ghàirdeachas a dheanamh,

geda bha' iad "rè ùine bhig fo thùirse tre iomadh buaireadh." Tha'n t-Abstol a' labhairt riu mu Chrìosd mar Aon "d'am bheil sibh," ars' esan, 'a' toirt graidh, ged nach faca sibh e; agus ged nach 'eil sibh a nis 'g a fhaicinn, air dhuibh bhì creidsinn ann, tha sibh a' deanamh mòr-ghàird-eachais le h-aoibhneas air dol thar labhairt, agus làn do ghlòir: a' faotainn crìche bhur creidimh, eadhon slàinte bhur n-anama: 1 *Pead.* 1, 8, 9. Is cìnnteach nach b'urrainnear dearbhadh na's soilleire na gheibhear anns na briathraibh sin, a bhì air a thoirt gu'n robh gu'n teagamh air-bith, *dearbh-bheachd air slàint*, aig na Crìosduidhean gus an robh iad air an sgrìobhadh. Agus gheibhear an dearbhadh sin air a mheudachadh gu mòr, seadh air a làn chrùnadh leis na briathraibh so eile, ag ràdh, "Dhuibh-se uime sin a chreideas, tha è luachmhor." Agus arìst, "Ach is ginealach taghta sibhse, sagartachd rìoghail, cinneach naomh, sluagh sonraichte; chum gu'n cuireadh sibh an ceill feartan an Tì a ghairm á dorchadas sibh chum a sholuis iongantach féin: nach robh uair-éigine 'n'ur sluagh, ach a nis is sibh sluagh Dhé; dream nach d'fhuair tròcair, ach a nis a tha air faotainn tròcair. 1 *Pead.* 2, 7-10. Léugh an caibdeil so uile.

Cìod ì nis fianuis an deisciobuil ionmhuinn air a' chuis so? Fo dhearbh-bheachd air a shlàint féin tha è gu soilleir a' labhairt air ni a's beannaichte ann an tomhas neo-chrìochnach na dearbh-bheachd air a shlàint féin: tha è gu soilleir, dìreach a' labhairt air an Tì sin a's è ar slàint agus ar Slànuihear, agus tha è gu soilleir a' deanamh fianuis air foillseachadh iongantach an Tì sin

ameasg dhaoine. Ach cha b'urrainn an t-Abstol so labhairt, no sgrìobhadh mar tha è 'deanamh mur bitheadh dearbh-bheachd làn-chinnteach aige air a shlàint féin tre'n Aon bheannaichte so. Agus o-na bha a' chuid a's mò, eadhon Criosd, aig Eòin, an deisciobul ionmhuinn, is éigin gu'n robh a' chuid a's lugha—dearbh-bheachd air a shlàint féin—aige: agus mar sin, is dearbhadh dùbhailt an fhianuis, a tha Eòin a' tabhairt, gu'n robh dearbh-bheachd aige anns an tomhas a's àirde. Ach cluinn-eamaid a bhriathran féin, ag ràdh, “ An ni a bha ann o thùs, an ni a chuala sinne, a chunnaic sinn le ar sùilibh, air an d'amhaire sinn, agus a làimhsich ar làmha thaobh focail na beatha; (oir dh'fhoillsich eadh a' bheatha, agus chunnaic sinne i, agus tha sinn a' deanamh fianuis, agus a' cur an céill dhuibh-se na beatha maireannaich ud a bha maille ris an Athair, agus a dh'fhoillsicheadh dhuinne.)” 1 *Eòin* 1. 1, 2. “ Ah is fìor sin,” faodaidh neach 'us neach a ràdh, “ is maith a chreideas mì gu'm buineadh do'n 'deisciobul a bha 'n a luidhe 'an uchd Iosa,' agus do gach aon de na h-Abstoil eile labhairt air an dòigh sin, agus faodar a thuigsinn ciamar a ruigeas Criosduidhean mòra, comharraichte eile, air an là an diugh, air dearbh-bheachd cosmhuil ri dearbh-bheachd nan Abstol. Ach am faodar a ràdh gu'm faod gach uile Chriosduidh an dearbh-bheachd cinnteach sin 'fhaotuinn?” Freagradh an t-Abstol féin a' cheist so. “ An ni a chunnaic agus a chuala sinn, tha sinn a' cur an céill duibh-se, chum gu'm bi agaibh-sa mar an ceudna comunn ruinne. 1 *Eòin* 1. 3. Agus an déigh sin, a chum a theagasg dhoibh ciod è sin a rinn comunn, no com-pàirteachadh maille ris na

h-Abstoil 'n a ni airidh gu bhi air a mhiannachadh, tha Eòin a' labhairt nam briathran iongantach so anns an rann chéudna (an treas rān,) “ agus gu firinneach tha ar comunn-ne ris an Athair, agus r'a Mhac Iosa Criosd,” Gu cìnnteach tuigear anis gu'n robh deadh aobhar airson nam briathran sin a labhairt, agus is è sin gu'm bhèil ni àraid againn an so a's mò gu mòr na dearbh-bheachd air slàint amhàin. Dh-fhaodadh sin a bhi againn gun ghuth idir a chluinntinn air “ comunn ris an Athair, agus r'a Mhac Iosa Criosd.” Ach sin an nì a bha aig Eòin agus aig a cho-dheisciobuil, agus tha è ag innseadh dhuinn-ne ciod a chunnaic agus a chual' è, chum gu'm bitheadh com⁴pàirt, no comunn againn maille riu; agus “ gu firinneach,” (sin anis a bhriathran féin) “ tha ar comunn-ne ris an Athair, agus r'a Mhac Iosa Criosd.” Agus mar gu'm bitheadh è ag iarraidh gach teagamh air a' chùis a chur às an rathad, agus mar sin sinne 'dheanamh cìnnteach gu'm bheil an comunn sin cho dligheach, no cho saor dhuinn-ne 's a bha è dhà-féin, tha è ag ràdh ruinn, “ Agus tha sinn a' sgrìobhadh nan nithean so do 'ur n-ionnsuidh, chum gu'm bi bhur gàird-eachas coimhionta.” 1 *Eòin* 1. 4.

Ach is ānn anns an dara caibdeil de'n Litir so a gheibhear an teagasg so—dearbh-bheachd air slàint—air 'fhosgladh suas gu soilleir, làn. Agus cò iad a' mhuinntir sin a gheibhear air an ainmeachadh anns a' caibdeil sin, mar mhuinntir aig am bheil an dearbh-bheachd so? An è Criosduidhean aosmhor, àrd, abuich, ris am bheil an t-Abstol a' labhairt mar “ aithrichean?” Cha n-è idir. An è Criosduidhean gnìomhach, éud-

mhor, sgairteil, tréun, a dh'fhuilig gu trōm ann an teas a' chomhraig, agus a chaidh tre iomadh deuchainn chruaidh, ghoirt, ris am bheil an t-Abstol ag ràdh “òganacha?” Cha n-è idir. Bha gun teagamh dearbh-bheachd air slàint aig na Chrìosduidhean sean 'us òg sin ris am bheil an t-Abstol a' labhairt, ach cha n-'eil aon fhocal mu dhearbh-bheachd air a ràdh leis ri aon diubh; oir cha robh teagamh air a' chùis. Is iad so anis a bhriathran féin ris na Chrìosduidhean gus an robh è 'sgrìobhadh, “Tha mì sgrìobhadh do 'ur n-ionnsuidh, A CHLANN BHEAG, do bhrìgh gu bheil bhrìgh peacaidhean air am maitheadh dhuibh air sgàth ainme-san.” 1 *Eòin* 2. 12. Agus arìst (rān 13) “Tha mì sgrìobhadh do 'ur n-ionnsuidh, A CHLANN BHEAG, do bhrìgh gu'm b'aithne dhuibh an t-Athair.” Mar sin chithear gur è maitheanas pheacaidhean* agus aithne air an Athair, còir dbligheach na “CLOINNE BIGE” ann an Crìosd. Agus nach 'eil è mar sin fìor shoilleir, matà, gur èadar gu'm bheil a' chòir dbligheach agus a' chuibh rionn chéudna aig gach uile Chrìosduidh !

Tha'n treas caibdeil de cheud litir *Eòin* a' tòiseachadh leis a' ghlaodh aoibhneach so, “Feuch-

* Mar sin gheibhear an earrainn so air a h-eadar-theangachadh anns a' Bhìobull Bheurla 'us Ghàelig, ach is ceart a thoirt fainear gur é am focal Gréugach *Teknia* d'an eadar-theangachadh “clann bheag” anns an dara rann deug de'n dara caibdeil de cheud litir *Eòin*, a' cheart fhocal a gheibhear anns a' cheud rann de'n chaibdeil chéudna, leis am bheil na naoimh uile gu soilleir air an ciallachadh. Ach cha n-'eil sin idir a' lughdachadh brìgh na 'chaidh a ràdh roimhe so mu dhearbh-bheachd. Tha am focal *Paidia* air eadar-theangachadh “clann bheag” anns an treas rann deug, gu litireil a' ciallachadh “naoidheanan,” no “clann bheag.” Mar sin tha'n t-Abstol a' sgrìobhadh a dh-ionnsuidh nan uile chreideach fo'n ainm *Teknia* clann, agus ag ràdh gu'm bheil am peacaidhean air am maitheadh. Tha é gu soilleir a' labhairt ri naoidhean. aibh ann an Crìosd, leis an fhocal *Paidia*, agus ag ràdh gu'm bheil è 'sgrìobhadh d'an ionnsuidh, do bhrìgh gu'm b'aithne dhoibh an t-Athair.

aibh ciod a' ghnè ghràidh a thug an t-Athair dhuinne gu'n goirteadh clann Dhé dhinn." Agus tha'n t-Abstol ag ràdh (anns an dara rānn) an dèigh sin, "A mhuinntir mo ghràidh, *a nis is sinne mic Dhé*; agus cha n-'eil e soilleir fathast ciod a bhitheas sinn : *ach tha fhios againn*, 'nuair a dh'fhoillsichear esan, gu'm bi sinn cosmhuil ris; oir chì sinn e mar a tha e." Am b'urrainn dearbh-bheachd na's cìnttiche, no na's treise na sin a bhi air 'ainmeachadh? Agus arìst, "Na nithe so sgrìobh mi do 'ur n-ionnsuidh, a tha creidsinn ann an ainm Mhic Dhé; chum gu'm bi fios agaibh gu bheil a' bheatha mhaireannach agaibh, agus chum gu'n creid sibh ann an ainm Mhic Dhé." 1 *Eòin* 5. 13. Mar sin b'i aon de chrìochaibh an Spioraid Naoimh, ann an deachdadh na Litreach so, dearbh-bheachd cìntteach a thoirt do gach Crìosduidh, agus gach aon, a tha gu firinneach a' creidsinn ann am Mac Dhé, a neartachadh 'n a chreidimh. Tha è gu soilleir a' sgrìobhadh a dh-ionnsuidh na muinntir a tha mar sin a' creidsinn, chum gu'm buanaicheadh iad a' creidsinn, agus gu'n creideadh iad na's seas-mhaiche. Ach a bhàrr air sin tha è 'sgrìobhadh d'an ionnsuidh chum fios a thoirt doibh gu'm bheil a' bheatha mhaireannach aca agus ag ràdh, "*Tha fhios againn* gur ann o Dhia a tha sinne, agus tha'n saoghal uile 'n a luidhe 's an olc. Agus tha fhios againn gu'n d'thàinig Mac Dhé, agus gu'n d'thug e tuigse dhuinn, chum gu'm bitheadh aithne againn air-san a tha fìor : agus tha sinne ann-san a tha fìor, ann a Mhac Iosa Crìosd. Is e so an Dia fìor, agus a' bheatha mhaireannach. Amen." 1 *Eòin* 5. 19-21. Càit anis am faighear dearbh-

bheachd a's cìntiche na sin? Cha n-iongantach geda tha'n t-Abstol a labhairt air, ag ràdh le làn aoibhneas às a leth féin, agus às leth a bhràithrean, ann an àit eile, "Dha-san a ghràdhaich sinn, agus a dh'ionnlaid sinn o ar peacaidhibh 'n a fhuil féin, agus a rinn rìghrean dhinn agus sagartan do Dhia agus d'a Athair-san; dha-san gu robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal." *Taisb.* 1. 5, 6. Nach furasda nis fo dhearbh-bheachd cho soilleir, làn, cìnnteach sin, an nì sin a gheibhear ann an àit eile de leabhar an Taisbeanaidh a thuigsinn, far am bheil Iosa ag innseadh a theachd aithghearr féin, agus an t-Abstol às leth na h-Eaglais uile, 'g a fhàilteachadh agus a' freagairt, "Amen, seadh, thig a Thighearna Iosa." *Taisb.* 22. 19, 20. Cò 'dh'iarradh mar sin 'teachd aithghearr', no pilleadh an Tighearna Iosa, gun aithne chìnnteach aig' air, mar a Shlànuighear air an àm. Agus cò anis a smuainicheas gu cùramach, ceart air gach dearbhadh a thugadh an so bho'n fhìrinn, nach fhaod 'fhaicinn gu soilleir gu'm bheil an Sgriobtuir a' teagasg, gun teagamh air-bith, gur ì còir dhligheach gach uile Chrìosduidh làn fhios, no dearbh-bheachd a bhi aige air a shlàint féin?

II.—Tha gach earail, a gheibhear ann an Litrichibh nan Abstol, ag aideachadh na muinntir ris am beil iad a' labhairt mar Chrìosduidhean, agus mar shluagh aig am bheil fios gur Chrìosduidhean iad-féin. Tha gach togradh a chum caithe-beatha diadhaidh a leantuinn, air a stéidheachadh air an fhios so. An iongantach, matà, geda bhitheadh giùlain Chrìosduidhean gu tric suarach, saoghalta, fhad 's a gheibhear àireamh cho

lionmhor dhiubh gun dearbh-bheachd soilleir, suidhichte idir aca air slàint ?

Cho fad 's a bhitheas neach air a ghluasad le imcheist mu thimchioll a shlàinte, agus è fathast gun dearbh-bheachd aige gu'm bheil è air a theàrnadh, bithidh slàint dhàmar chuspair iarraidh, bithidh è gu tric ag iarraidh slàint 'fhaotuinn aréir a dhòighean féin ; ach cò do'n aithne féin-fhìreantachd cridhe an duine, aig nach 'eil fhios gur è dòchas ri slàint 'fhaotuinn, air sgàth a dheadh thoilltinneis féin, a bheir air duine mar sin, air thoiseach air gach ni eile, oidhirp a thoirt air seirbhis a dheanamh do Dhia ? Nach tric a' chùis mur sin, mur 'eil an còmhnuidh, do thaobh mhòran ? Nach è sin an diadhachd chumanta a gheibhear aig sluagh air an là an diugh ? Coimh-lionaidh iad dleasanais, agus frithealaidh iad air òrduighean gu cùramach le dòchas greim cìnnteach, a dheanamh tre na deadh oibrìbh sin, air còir ann an toilltinneas Chrìosd, agus air fàbhar Dhé. Ach ciamar is urrainn diadhachd mar sin a bhì da rìreadh tarbhach, no cumhachdach ? Ma mheallar sinn le ar féin-fhìreantachd, a' smuain-eachadh gu'm faodar fàbhar Dhé a cheannach, no gu'n ruigear air tre chuirteachadh dhleasanas amhàin—gu'n coisnear còir ann an Crìosd air an dòigh sin—gluaisidh ar cridheachan féineil sinn gu bargan teànn a dheanamh ris an eagal a gheibh sinn annainn-féin. Iarraidh siun nèamh, no còir air nèamh, air cosdas cho beag 's is urrainn sinn. 'Nuair a bha na h-Iudhaich “ag iarraidh am fireantachd fèin a chur air chois,” is è lagh *nan deas ghnàth* a b'fheàrr leo na lagh *nam modh*, agus chuir iad béul-eachdraidhean lionmhor ris an

dà lagh sin, leis an robh àithntean Dhé air an cur 'an neo-bhrìgh. Mar sin, gheibhear cùisean a'dol ameasg Chrìosduidhean an là an diugh. Carson a chluinnear na ceistean so cho tric. "Am beil è mi-cheart a leithid sid 's a leithid so a dheanamh? Am bheil nithe mar so 's mar sid féumail a chum slàinte?" Cìod a tha ceistean bochda mar sin a' dearbhadh, ach gu'm bheil aon sùil air nèamh agus an t-sùil eile air an talamh, agus an cridhe nis ag iarraidh na's urrainn è a ghlacadh de'n talamh gun chòir air nèamh a chàll. Ach ciamar a ghinear fìor dhiadhachd—aonadh ri Crìosd? So dhuit am freagairt o bhéul an Abstoil "*Tha gràdh Crìosd 'g ar co-éigneachadh,*" 2 Cor. 5. 14. 'Nuair a dh-aithnicheas sinn da rìreadh gu'n d'rinn Dia ar teàrnadh gu saor le 'ghràs, gu'n do bhàsaich Crìosd air ar son, agus gu'n d'éirich è rìst, agus gu'm bheil oighreachd air a h-ullachadh dhuinn air nèamh, an sin gheibh sinn togradh nuadh agus cuspair nuadh. Chaidh an togradh, eadhon gràdh Chrìosd, ainmeachadh cheana; agus gheibhear an cuspair air a nochdadh dhuinn leis an Abstol anns na briathraibh so a leanas, "Oir tha gràdh Crìosd 'g ar co-éigneachadh, air dhuinn breithneachadh mar so, ma fhuair a h-aon bàs airson nan uile, gu'n robh na h-uile marbh. Agus gu'n d'fhuair è bàs airson nan uile, chum iadsan a tha beò, *nach bitheadh iad o so suas beò dhoibh-féin, ach dha-san a dh'fhuiling am bàs air an son, agus a dh'éirich a rìs.*" 2 Cor. 5. 14, 15. *Chum iadsan a tha beò!* Ah! seadh iadsan uile aig am bheil an dearbh-bheachd beannaichte so air beatha nuadh—tha è gu cìnnteach aca-san uile a ta air an teàrnadh,

ach thatar a' labhairt anis mu fhios air—cha n-ànn air an neach a their, “ Ciod an tomhas a's lugha de dhiadhachd leis am faigh mise gu nèamh? Am bheil so, no sìd féumail a chum slàint?” ach air an neach a their gu toileach, Ciamar a ghlòraicheas mis' an Tì sin a dh'fhuiling am bàs air mo shon, agus a dh'éirich arist? Ciod a dhìolas mise 'dhà-san a ghràdhaich mì agus a dh'ionnlaid mì o mo pheacaidhean 'n a fhuil féin? Cia mòr an t-eadar-dhealachadh! Cha toir *féinealachd* ach cho beag 's a shaoileas è a nì an gnothach gann, a chum ruigheachd air an nì sin a tha è ag iarraidh. Cha n-fhaighnich *gràdh cia beag*, ach *cia mòr* is urrainn è 'dheanamh a chum ruigheachd air an nì a tha è ag iarraidh le taitneas agus tàingealachd. Is ann air an stéidh so, eadhon gràdh, a tha uil' àithntean agus eàraillean na diadhachd air an socrachadh. “Ma tha gràdh agaibh dhomh coimhidibh m' àithntean.”

Cha n-ionann sin 'us céum an lagh' a tha 'dearbhadh an duine—a' dearbhadh nach bu chomasach è air seasamh le 'fhireantachd féin. Dh'iarr è gràdh agus uile thoradh a' ghràidh, a' toirt beatha no bàis aréir mar gheibheadh è a fhreagairt. B'ì càinnt an lagha, “An duine a nì na nithean sin gu'm bi è beò leò.” *Ròm. 10. 5.* B'e an ceud nì a rinn an lagh daoine 'threorachadh gu obair a dheanamh airson am beatha, agus an dara nì, a làn dhearbhadh dhoibh nach robh toradh, no dòchas 'n an saothair. “Na'm bith-eadh lagh air a thabhairt a bhitheadh comasach air beatha 'thoirt uaith, gu deimhin is ann o'n lagh a bhitheadh fireantachd.” *Gal. 3. 21.* Ach cha robh, agus cha b'urainn sin a bhi. Féumaidh

lagh sam-bith a b'urrainn an Dia naomh a thabhairt, peacaich mhi-naomh agus thruaillidh a dhìtheadh, agus do bhrìgh gur peacaich mhi-naomh agus thruaillidh sinn uile, is dìomhain dhuinn dòchas air-bith a bhì againn ri beatha tre'n lagh. "Ach dh'fhàg an sgrìobtuir na h-uile dhaoine dùinte 's a' pheacadh, chum gu'm biodh an gealladh tre chreidimh Iosa Crìosd air a thoirt dhoibh-san a ta 'creidsinn." *Gal.* 3. 22. Na'n robh sinn saor o pheacadh cha bhitheadh féum idir againn air Slanuighear. Ma dh-ìarras sinn beatha le oibreachadh air a son, tha sinn le sin ag ràdh nach robh féum air bàs Chrìosd. "Oir ma tha fireantachd tre'n lagh, is ann gun aobhar a fhuair Crìosd bàs." *Gal.* 2. 21. Ach is è dìtheadh, mallachd agus am bàs na's urrainn an lagh a chur òirnn. Ach gheibh sinn fireantachd, agus beannachd, agus beatha ann an Crìosd, agus trid-san a bhàsaich air ar son agus a dh'éirich arìst. "Is è tuarasdal a' pheacaidh am bàs"—agus is è pheacadh amhàin an obair a rinn sinne—agus is è am bàs amhàin an tuarasdal a choisinn sinn. Ach gu-ma beannaichte gu'n robh Dia, tha'n tuarasdal sin air a làn phàidheadh do aon eile—do'n Aon beannaichte sin a thug a ghràdh air ar son; agus anis "is è saor-thiodhlac Dhé a bheatha mhaireannach, tre Iosa Crìosd ar Tigh-earn." *Ròm.* 6. 23. Is ànn mar mhuinntir a fhuair an t-saor-thiodhlac so, agus aig am bheil o sin fios cho cinnteach 's a tha an suidheachadh, agus aithne air an t-saor ghràs shaoibhir a chuir sinn ann an suidheachadh cho gràsmhor, a tha sinn air ar comhairleachadh ann an Litrichibh nan Abstol, a 'chum gluasad gu cubhaidh do'n

ghairm leis an do ghairmeadh sinn'. Beachdaicheamaid anis air an dearbhadh a gheibhear air so ann am focal Dhé.

Is àrd dhearbhadh air an teagasg so, an Litir a chum nan Ròmanach. Tha 'n Litir sin air a roinn 'n a trì earrainnibh. A' cheud earrainn, o'n cheud gus an ochdamh caibdeil, a' labhairt gu soilleir, làn air ar staid do thaobh nàduir, a' mìneachadh mar tha lagh naomh Dhé a' coinn-eachadh na staide sin, mar tha saorsa trid ar Tighearn Iosa Criosd, agus mar gheibhear uile thoraidhean glòrmhor na saorsa sin, araon anns a' bheatha so agus anns a' bheatha ri teachd. Gheibhear an earrainn sin de'n Litir a' co-dhùnadh leis na briathraibh àrd, aoibhneach so :—" Ciod uime sin a their sinn ris na nithibh sin? Ma tha Dia leinn, cò 'dh'fheudas a bhi 'n ar n-aghaidh?

"Cò a chuireas coire sam-bith á leth daoine taghta Dhé? Is e Dia a dh'fhìreanaicheas. Cò a dhiteas? Oir tha dearbh-bheachd agam nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachdan, no cumhachdan, no nithean a tha làthair, no nithean a tha ri teachd, no àirde, no doimhne, no creutair sam bith eile comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a tha ann an Iosa Criosd ar Tighearn." *Ròm. 8. 31-39.* Nach *dearbh-bheachd* sin air slàint! Ma's urrainnear dearbh-bheachd innseadh le càinnt, gu cìnnteach tha è air a làn innseadh leis na briathraibh sin!

Gheibhear an t-Abstol anns an dara pàirt de'n Litir so, caibdeil ix. gu caib. xi. a' labhairt air brìgh na tha anns a' cheud earrainn di, air dàimh àraid Dhé ris na h-Israelich, a phobull féin; agus anns an dara caibdeil deug, an treas earrainn de'n

Litir so, gheibhear iomadh earail a' teagasg do mhuintir gluasad do ghnàth ann an cleachdadh na diadhachd, agus ann an ùmhlachd. Agus thugamaid fainear gu cùramach mar tha na h-earailean prìseil sin a' tòiseachadh. “Air an aobhar sin guidheam òirbh,” deir an t-Abstol, “a bhràithrean TRE THROCAIRIBH DHE, bhur cuirp a thoirt 'n am beò-ìobairt, naomh, thaitnich do Dhia, ni a's e bhur seirbhis réusonta.” *Ròm. 12. 1.* “Tròcairean Dhé”—a thròcairean mar tha iad air am fosgladh suas dhuinn anns a' cheud earrainn de'n Litir, caib. I. gu caib. VIII. agus air an ainm-eachadh anns a' cheud rānn de'n dara caibdeil deug, —a thròcairean do Israel mar tha iad air an riochdachadh amach anns an dara pàirt de'n Litir, caib. IX. gu caib. XI.—is iad sin am bōnn air am bheil an t-Abstol a' guidhe òirnn, mar a “bhràithrean,” sinn-féin a thoirt suas do Dhia ann an céum na h-ùmhlachd a ta air a chomharrachadh amach dhuinn anns na h-earailibh a leanas. Ach ciamar a mhothaicheas mì brìgh, no neart, no cumhachd nan earailean sin, ma tha mì fathast a' cur teagamh ann mo chòir air tròcairibh sin Dhé, leis am bheil mo chòir air a toirt dhomh? Ciamar a bhitheas mì air m'aomadh gu ceart leis na h-earailibh sin mur creid agus mur tuig mì mar Chrìosduidh gur mì aon de na “bhràithrean” sin ann an Crìosd, ris am bheil na h-earailean a' labhairt? no ciod is fheàrrd mis' iad, ma's ānn le teagamh a dh'éisdeas mì iad?

Ach gheibhear tuilleadh dearbhaibh, a ta fìor shoilleir, anns an Litir so chum nan Ròmanach. Gheibhear earailean anns a' cheud earrainn dhì, cho maith 's a gheibhear anns an treas earrainn.

Agus ciod è nis am bōnn, no an stéidh air am beilear a' toirt nan earailean sin uile? “Cionnus a dh'fheudas sinne,” deir an t-Abstol, “*a tha marbh do'n pheacadh*, ar beatha a chaitheadh ni's faide ann?” “*Air fhios so a bhi againn, gu bheil ar seann duine air a cheusadh maille ris, ionnus gu'm bitheadh corp a' pheacaidh air a sgrios, chum á so suas nach deanamaid seirbhis do'n pheacadh.*” *Ròm. 6. 2, 6.* Ciod is fheàirrd cridhe neach air-bith na h-earailean sin, mur urrainn è a ràdh le dearbh-bheachd cinnteach gu'm bheil è air aonadh ri Criosd, gu'm bheil è marbh do'n pheacadh, agus gu'm bheil a sheànn duine air a chéusadh maille ri Criosd? no ciod is fheàirrd è teagamh? Ach arist, “Mar sin mar an ceudna measaibh-se gu bheil sibh-féin gu deimhin marbh do'n pheacadh, ach beò do Dhia tre Iosa Criosd ar Thighearn. Air an aobhar sin (comharraich na briathran so *air an aobhar sin*) na rioghaicheadh am peacadh ann bhur corp bàsmhor, air chor as gu'n tugadh sibh ùmhlachd dha 'n a ana-miannaibh.” *Ròm. 6. 11, 12.* Agus arist anns an ath rānn, “Thugaibh sibh-féin do Dhia, mar dhream a tha beò o na mairbh, agus bhur buill 'n an armaibh fireantachd do Dhia, Oir cha bhi aig a' pheacadh tighearnas oirbh : oir cha n-'eil sibh fo'n lagh, ach fo ghràs.” Nach 'eil é fìor shoilleir nach urrainnear earailean mar sin a thuigsinn le neach air-bith, ach leo-san a tha, cha n-è mhàin 'n an Chriosduidhean, ach aig am bheil fios gur Criosduidhean iad-féin. Gheibhear argumaid a' chaibdeil so uile ag aideachadh gu'm bheil dearbh-bheachd air slàint aig a' mhuinntir gus am bheil è air a sgrìobhadh.

Agus anis 'nuair a sheallas sinn ris gach earail eile, a gheibhear anns an treas roinn de'n Litir chum nan Ròmanach, chithear an dearbh-bheachd céudna air a theagasg dhuinn anns gach earail. Nach 'eilear a' comhairleachadh dhuinn a bhí iriosal agus dìchiollach ann an gnàthachadh nan tiodhlac a ta air an earbsa ruinn? Nach 'eilear ag ràdh gur "aon chorp ann an Crìosd sinn, agus gur buill sinn gach aon fa leth d'a chéile?" *Ròm. 12. 5.* Thatar a' comhairleachadh dhuinn a bhí "teo-chridheach r'a chéile le gràdh bràthaireil." *Ròm. 12. 10.* Ach cò iadsan a tha air an comharrachadh amach leis na briathraibh "r'a chéile?" Cò ach na "bhràithrean" ris am beilear a' labhairt anns a' cheud rann de'n chaibdeil, iadsan uile aig am bheil dearbh-bheachd gur bràithrean iad d'a chéile, gur comh-bhuill iad d'a chéile, agus sin do bhrìgh gur bràithrean agus buill do Chrìosd iad. "A' deanamh gàirdeachais ann an dòchas." *Ròm. 12. 12.* Ach cò a b'urrainn sin a dheanamh ach iadsan a tha cìnnteach gu'm bheil am bòn dòchais—Crìosd—aca. Tha earail air a toirt dhuinn gabhail r'a chéile. Ach ciamar? "Uime sin gabhaibh-se r'a chéile, eadhon mar a ghabh Crìosd ruinne, chum glòire Dhé." *Ròm. 15. 7.* Nach 'eil sin anis a' dearbhadh gu làn shoilleir gu'n robh dearbh-bheachd air slàint aig a' mhuintir ris am bheil na briathran sin a' labhairt. A dh-easbhuidh sin cha bhitheadh seadh, no brìgh, no cumhachd air-bith anns na h-earailibh sin.

Tha'n t-Abstol anns an Litir chum nan Corintianach a' toirt earail dhoibh gun uail a dheanamh á duine. Carson? "Oir is leibh-se na h-uile ni : ma's è Pòl, no Apollos, no Céphas, no

an saoghal, no beatha, no bàs, no nithean a ta làthair, no nithean a tha ri teachd ; is leibh-se iad uile ; agus is le *Criosd* sibhse ; agus is le Dia *Criosd*." 1 *Cor.* 3. 21-23. An so mar ann an àitibh eile, thatar a' labhairt ri *Criosduidhean* mar phobull *Chriosd*, mar pobull a bhuineas dà, dealaichte bho shluagh neo-iompaichte, a tha "de'n t-saoghal." Ach ciod a b'fheàrrd cridh-eachan sluaigh air-bith a ràdh riu, "Is le *Criosd* sibhse," mur bitheadh fios aca gur le *Criosd* iad ?

Faic arìst an rabhadh a tha'n t-*Abstol* a' toirt do *Chriosduidhean*, ag ràdh, "Na cuing-cheanglar gu neo-chothromach sibh maille ri mi-chreidmhich," mar sin a' labhairt riu gu dìleas, dìreach air gach cùis mar mhuinntir aig am bheil fios gur creidmhich iad-féin, gur fireana iad, gur iad clànn an t-soluis agus buill *Chriosd*. Agus maille ri sin tha'n t-*Abstol* ag ràdh, "Ciod a' cho-réite a tha aig teampull Dhé ri h-ìodholaibh ? Oir is sibhse teampull an Dé bheò ; a réir mar a thubhairt Dia, Gabhaidh mise còmhuidh annta, agus gluaisidh mì 'n am measg ; agus bithidh mise a'm' Dhia aca-san, agus bithidh iadsan 'n an sluaigh agam-sa." 2 *Cor.* 6. 14-16.

Seallamaid anis anns an Litir chum nan *Ephésianach* agus chì sinn an sin gairm iongantach na h-*Eaglais* anns a' cheud, anns an treas agus anns a' cheathramh caibdeil, agus na trì chaibdeilean mu-dheireadh a' teagasg dhì gluasad aréir na gairme sin. Tha'n t-*Abstol* ag ràdh anns an dara roinn de'n Litir so, "Uime sin, tha mise prìosanach an Tighearn', a' guidhe oirbh gu'n gluais sibh gu cubhaidh' do'n ghairm leis an do ghairmeadh sibh." *Eph.* 4. 1. Agus tha gach earaila gheibh-

ear anns an dara roinn de'n Litir so air a stéidheachadh air dearbh-bheachd cinnteach Chriosduidhean, mar tha sin air a dheanamh soilleir anns a' cheud roinn dhì, gach beannachd a ta air a mhealtuinn le Chriosduidhean air 'ainmeachadh anns a' cheud roinn agus earail aréir sin air a toirt doibh anns an dara roinn. Tha sinn a' léughadh anns a' cheud roinn, "Anns am bhèil (sin ri ràdh ann an Criosd) againne saorsa tre 'fhuil-san, maitheanas nam peacadh a réir saobhreis a ghràis." *Eph.* 1. 7. Agus aréir sin tha earail air a toirt dhuinn anns an dara roinn ag ràdh, "Agus bithibh caoimhneil teò-chridheach d'a chéile a' toirt maitheanas d'a chéile eadhon mar a thug Dia *maitheanas dhuibh-se* ann an Criosd." *Eph.* 4. 32. Anns a' cheud roinn tha sinn a' leughadh gu'n "do roimh-òrduich Dia sinne chum uchd-mhacachd na cloinne tre Iosa Criosd dha-fein." *Eph.* 1. 5. Agus aréir sin aríst anns an dara roinn, "Uime sin bithibh-se 'n 'ur luchd-leanmhuinn air Dia *mar chloinn ghràdhaich.* *Eph.* 5. 1. Anns a' cheud roinn tha sinn a' léughadh "Neach an déigh dhuibh creidsinn ann, (Criosd) chuireadh seula oirbh le Spiorad naomh sin a' gheallaidh." *Eph.* 1. 13. Agus aréir sin tha earail againn aríst anns an dara roinn, ag ràdh, "Na cuiribh doilgheas air Spiorad naomh Dhé leis an *do chuireadh seula oirbh* gu là na saorsa." *Eph.* 4. 30. Anns a' cheud roinn tha sinn a' léughadh mu shaoibhreas gràis Dhé, "Anns ann robh e ro phailte dhuinne 's an uile ghliocas, agus thuigse : a dh'f hoillsich dhuinn rùn-dìomhair a thoile a réir a dheadh-ghean féin, a rùnaich e ann-féin." *Eph.* 1. 7-9. Agus tha earail air a toirt duinn aréir sin aríst

anns an dara roinn, ag ràdh, “Feuchaibh uime sin gu’n gluais sibh gu faicilleach, cha-n ann mar am-adain, ach mar dhaoine gllice :” agus aríst, “Air an aobhar sin na bithibh-se neo-ghlic, ach a’ tuigsinn ciod i toil an Tighearna.” *Eph. 5, 15. 17.* Mar sin gheibhear an Litir gu léir a’ labhairt ruinn, agus cha n-ānn ag ràdh, “Dean so, no sid a chum am beannachd ’fhaotuinn,” ach “bheannaich Dia sinne leis gach uile bheannachadh spioradail ann an ionadaibh nēamhaidh ann an Criosd” chum gu’n gluaiseamaid aréir a thoile. *Eph. 1. 3.* “Oir bha sibh uair eigin ’n ’ur dorchadas, ach a nis tha sibh ’n ’ur solus ’s an Tighearn : gluaisibh mar cloinn an t-soluis ;” *Eph. 5. 8.* Cò anis ach iad-san a bha mar sin air am beannachadh, agus clānn an t-soluis, a b’urrainn earailean mar sin a ghabhail le taitneas agus buaidh ?

Agus gheibhear an t-Abstol a’ labhairt ri Criosduidhean air an dòigh chéudna, anns an Litir chum nan Colosianach, ag ràdh “Uime sin mar a ghabh sibh do ’ur n-ionnsuidh an Tighearn Iosa Criosd, gluasibh ann.” “Tha sibh coimhlionta ann-san.” “Air dhuibh bhi adhlaicte maille ris ann am baisteadh, anns am bheil sibh mar an ceudna air bhur togail suas maille ris tre chreidimh oibreachaidh Dhé, a thog suas esan o na marbhaidh. Agus sibhse a bha marbh ’n ’ur n-eu-ceartaibh agus ann an neo-thimchioll-gherradh bhur feòla, bheothaich e maille ris, a’ maitheadh dhuibh nan uile eu-ceart.” Chi sinn o na briathraibh sin ciod an staid anns an robh na Criosduidhean sin *roimhe*, agus ciod i an staid mhaith gus an robh iad air an toirt *anis*. Agus ciod anis a gheibhear an t-Abstol, no an Spiorad Naomh ag ràdh mar cho-

dhùnadh air sin uile? Eisd an guth féin ag ràdh, “Uime sin ma fhuair sibh bàs maille ri Crìosd o cheud thoiseachaibh an t-saoghail, c’ar son, mar dhaoine a ta beò ’s an t-saoghal, a tha sibh fuidh orduighibh.” *Col.* 2. 6, 10, 12, 13, 20. Agus arìst, “Uime sin ma dh’éirich sibh maille ri Crìosd, iarraibh na nithe a ta shuas, far am bheil Crìosd ’n a shuidhe aig deas làimh Dhé.” Agus arìst, “Oir a ta sibh marbh, agus tha bhur beatha folaichte maille ri Crìosd ann an Dia. ’Nuair a dh’fhoillsichear Crìosd, neach a’s e ar beatha-ne, an sin bithidh sibhse mar an ceudna air bhur foillseachadh maille ris ann an glòir. Uime sin claidhibh bhur buill a ta air an talamh, strìopachas, neò-ghloine, fonn-collaidh, ana-mianna, agus sannt, ni a’s ìodhol-aoradh.” Thoir fainear, cha n’eil ear idir ag ràdh féumaidh sibh a bhi marbh do’n t-saoghal, agus do fhéin, agus do’n pheacadh, agus a bhi beò do Dhia, chum gu’m bi sibh marbh maille ri Crìosd, agus gu’m bi sibh beò maille ris. Cha n’eil idir; ach “*tha* sibh marbh;” tha bhur beatha folaichte maille ri Crìosd, ann an Dia;” *uime sin* claidhibh bhur buill a ta air an talamh. Anis ma’s ann mar aon a “tha marbh maille ri Crìosd” a bhitheas mì, do thaobh cleachdaidh, marbh do na nithibh a ta air thalamh; ma’s ann mar aon air éirigh maille ris a dh-ìarras mì na nithean a tha shuas, tha è mar sin soilleir gu’m féum fios a bhi agam gu’m bheil mì marbh maille ris, agus air éirigh maille ris, oir mur ’eil, cha n-urrainn mì gluasad gu bràth aréir na h-àithne a ta air a tabhairt an so. Agus tha an ni céudna air a theagasg ann an àitibh eile de’n Litir so, ag ràdh, “Na deanaibh breug d’a chéile,

do bhrìgh gu'n do chuir sibh dhìbh an seann duine maille r'a ghnìomharaibh. Agus gu'n do chuir sibh umaibh an duine nuadh, a tha air athnuadhachadh ann an eòlas, a réir ìomhaigh an Tì a chruthaich e. Uime sin cuiribh-se umaibh, (mar dhaoine taghta Dhé, naomha agus ionmhuinn,) innigh thròcaire, caomhalachd, irioslachd inntinn, macantas, fad-fhulangas; a' giùlan le chèile, agus a' maitheadh d'a chèile, ma tha cùis ghearain aig neach an aghaidh neach; *mar a thug Crìosd maitheanas dhuibh-se, mar sin dean-aibh-se mar an ceudna.*" Col. 3. 1, 3, 4, 5, 9-13. Nach 'eil sin anis soilleir gu leòr? Ciamar a bhith-eas mise air mo ghluasad le maitheanas o Chrìosd dhomh-féin gu maitheanas a thoirt do mo bhràthair, ma tha teagamh agam air mo mhaitheanas féin o Chrìosd?

Tha sgrìobhadh an Abstoil Pheadair a' làn-mhìneachadh agus a' làn-dhaingneachadh nam firinn so air am bheil sinn a' labhairt, ag ràdh "Uime sin crioslaichibh leasraidh bhur n-inntinn, bithibh measarra, agus biodh dòchas dìongmhalta agaibh às a' ghràs a bheirear dhuibh aig foillseachadh Iosa Crìosd : mar chloinn ùmhal, gun a bhì 'g'ur comh-chumadh féin ris na h-ana-miannaibh, a bha agaibh roimhe ann an àm bhur n-aineolais : ach a réir mar tha esan a ghairm sibh naomh, bithibh-se naomha mar an ceudna 'n 'ur n-uile chaithe-beatha : do bhrìgh gu'm bheil e sgrìobhta, Bithibh-se naomha, oir tha mise naomh." Tha na briathran sin gu soilleir a' labhairt ri muinntir a bha air an teàrnadh, agus fios aca-féin gu'n robh iad air an teàrnadh. Arist do thaobh a' ghràidh bhràthaireil tha'n t-Abstol céudna ag ràdh, "Do

bhrìgh gu'n do ghlan sibh bhur n-anama le ùmhlachd a thoirt do'n fhìrinn tre 'n Spiorad, chum gràidh neo-chealgaich do na bràithribh; feuchibh gu'n toir sibh gràdh d'a chéile á cridhe glan gu dùrachdach : air dhuibh bhi air bhur n-ath-ghineambuinn, cha-n ann o shiol truaillidh, ach neo-thruaillidh, le focal an Dé bheò, agus a mhaireas gu sìorruidh." 1 *Pead.* 1. 13-23. Arist "Uime sin a' cur uaibh gach uile mhì-ruin, agus gach uile mhealltaireachd, agus chealg, agus fharmada, agus gach uile ana-cainnt, mar naoidheana air an ùr-bhreith, iarraibh bainne fìor-ghlan an fhocail, chum as gu'm fàs sibh leis; ma's e as gu'n do bhlais sibh gu bheil an Tighearn gràsmhor." So anis na h-uile nithe, no air so tha na h-uile nithe 'an crochadh do'n Chrìosduidh. Agus arist, "A mhuinntir mo ghràidh guidheam oirbh, *mar choigrich* agus *luchd-cuairt*, sibh a sheachnadh ana-miannan feòlmhor, a tha 'cogadh an aghaidh an anama." 1 *Pead.* 2. 1, 2, 3, 11. Agus an déigh sin tha'n t-Abstol a' labhairt ruinn air a' mhèinn inntinn, agus air a ghiùlain a's còir a bhi againn anns gach dàimh fa-leth d'a chéile, ag ràdh, "Mar an ceudna, fheara, gabhaibh-se còmhnuidh maille riu (bhur mnathan) a rèir eòlais, a' tabhairt urraim do'n mhnaoi mar do'n t-soitheach a's anmhuinne, agus *mar mhuinntir a tha 'n an comh-oighreachaibh air gràs na beatha*; chum nach cuirear bacadh air bhur n-ùrnuighibh. 1 *Pead.* 3. 7.

Gheibhear an fhianuis chéudna ann an Litricheibh an Abstoil Eòin ag ràdh, "Tha mi a' sgrìobhadh do 'ur n-ionnsuidh, a chlann bheag, do bhrìgh gu bheil bhur peacanna air am maitheadh dhuibh air sgàth 'ainme-san." 1 *Eòin* 2. 12. "A

mhuinntir mo ghràidh, a nis is sinne mic Dhé; agus cha n-eil e soilleir fathast ciod a bhitheas sinn : ach a ta fhios againn, 'nuair a dh'fhoillsich-eas esan, gu'm bi sinn cosmhuil ris; oir chì sinn e mar a ta e. Agus gach neach aig am bheil an dòchas so ann, glanaidh se e-féin, mar a ta esan glan." 1 *Eòin* 3. 2, 3. Sin anis gun teagamh idir làn dearbh-bheachd air slàint; agus toradh an dearbh-bheachd sin, mar tha è air a nochdadh ann an giùlain gach neach aig am bheil è. Gach duine aig am bheil an dearbh-bheachd so, agus an dòchas a tha stéidhichte air—dòchas a bhì cosmhuil ri Crìosd, 'nuair a dh'fhoillsich-eas esan, *glanaidh se e-féin, mar a tha esan glan.* Ah seadh ! cha n-ann idir le daorsa laghail, no le oidhirpibh féin-fhìreantachd a bheirear neach gu gluasad mar fhìor Chrìosduidh. Is ànn an uair a dh-aithnicheas sinn an t-saorsa leis an d'rinn Crìosd sinne saor; is ànn an uair a dh-aithnicheas sinn an gràdh leis an do ghràdhaich an t-Athair sinn, agus a ghlacar leinn an dòchas dealrach, beannaichte sin a bheir sinn gu bhì air ar comh-chumadh gu làn ri ìomhaigh Chrìosd " 'nuair a dh'fhoillsich-eas esan," a bhith-eas ar cridheachan air an togail air falbh de'n talamh, de gach féinealachd agus de gach peacadh; agus an sin, " Air bhì dhuinne uile le aghaidh gun fholach, ag amharc mar ann an sgàthan air glòir an Tighearna, tha sinn air ar n-atharrachadh chum na h-ìomhaigh ceudna, o ghlòir gu glòir, mar le Spiorad an Tighearna." 2 *Cor.* 3. 18.

III.—Anis do thaobh na dòigh air am faighear dearbh-bheachd air slàint, tha fìrinn an Sgrìobtuir ag innseadh dhuinn gu soilleir gur ànn " le gràs tha sinn air tèarnadh tre chreidimh." *Eph.* 2. 8

seadh is àn “le gràs tre chreidimh” a gheibhear dearbh-bheachd air slàint. Ach ann am beachdachadh air a’ mheur so de ’n teagasg féumar a’ cheart aire ’thoirt do dhà ni àraid mu thimchioll creidimh. Is è an ceud ni matà, Cha n-’eil ann an creidimh ach amhàin fear-gabhail ann an gnothach ar slàinte : is è sin ri ràdh, cha n-’eil neach ann an creidsinn, no ann an gnàthachadh creidimh, a’ *deanamh* ni éigin, ach a’ *gabhail* ni éigin. An dara ni, is è an fhirinn, a tha sinn mar sin a’ gabhail, fianuis Dhé mu thimchioll a Mhic, Iosa Crìosd. Is è aineolas air aon air-bith de’n dà ni sin is màthair-aobhair do’n dorchadas agus do’n teagamh a gheibhear aig Crìosduidhean mu dhearbh-bheachd air an slàint féin.

Annas a’ cheud àit, matà, is fear-gabhail amhàin creidimh ann an gnothach ar slàinte : seadh, tha sinn ag ràdh, *ann an gnothach ar slàinte*, a chionn, air dhuinn a bhi air ar tèarnadh, gu’m bheil creidimh ’n a fhear-oibreachaidh annainn agus aréir sin tha sinn a’ léughadh gu’m bheil Crìosduidhean ’g an cleachdadh féin ann “an obair a’ chreidimh,” agus ann “an còmhrag a’ chreidimh,” agus ann “an gluasad a’ chreidimh.” Ach is ann amhàin do na fìor Chriosduidhean a bhuineas na briathran sin agus briathran eile cosmhuil riu mu chreidimh—dhoibh-san a tha air am fìreanachadh tre chreidimh. Labhraidh sinn aig an àm so air creidimh mar bhuineas è do ar slàint agus do dhearbh-bheachd, no air creidimh mar fhear-gabhail.

Ach, a léughadair ionmhuinn, ciamar a bha ’s a tha thus’ ag amharc air creidimh, no ciod è do bheachd air? Am bheil thu nis a’ sealltuinn air-

son creidimh annad-féin—ag iarraidh creidimh annad-fein, mar gu'n gabhadh è faicinn mar sin agus mar gu'm bu ghnìomh, no obair è gu bhi air a deanamh leat, agus tu air aon làimh a' toirt oidhirp air a deanamh, agus air an làimh eile a' feuchainn ri fios 'fhaotuinn an deachaidh an obair leat? Ceadaich dhomh innseadh dhuit nach 'eil focal Dhé ag ràdh idir an tì a chreideas e-féin a bhi 'n a chreidmheach, "tha a' bheatha mhaireannach aige," ach "an tì a chreideas *anns a' Mhac* tha a' bheatha mhaireannach aige." *Eòin* 3. 36. Tha thus' a' smuaineachadh air a' chùis so mar gu'm bitheadh slàint a' teachd o aithneachadh ort-féin gur creidmheach thu, an àit Crìosd aithneachadh mar an t-aon Slànuighear uile-chumhachdachd. Is maith gun teagamh fios a bhi aig neach gur creidmheach è. Ach ann an labhairt an so air creidimh, mar fhear-gabhail, cuimhnich gu'm faighear fios air sin aig 'àm féin le aire cheart a thoirt do cuspair ar creidimh—do'n ni sin a tha creidimh a' gabhail—cha n-ànn le creidimh agus a chuspair a dhealachadh o 'cheile, no le farraid, an d'fhuair sinn creidimh? Cha n-urrainn creidimh a bhi aig neach a dh-easbhuidh cuspair a' chreidimh, agus geda b'urrainn, is beag a b'fhiach è. Is è Crìosd an Slànuighear, agus thig slàint tre chreidimh *amhàin an uair a ghabhas è Crìosd*. Is è Dia a tha 'tabhairt fianuis mu Chrìosd, agus tèrnaidh creidimh amhàin an uair a *ghabhas è fianuis Dhé*. Cha n-ànn idir ann an creidimh féin a tha an éifeachd theàrnaidh, ach anns an ni a ghabhar le creidimh.

Sin anis, matà, mar ruigear air an éifeachd

theàrnaidh a ta ann an cuspair beannaicht' a' chreidimh; agus, a Chrìosduidh ionmhuinn, mur bitheadh tusa air do luasgadh anùll 's anàll le teagamh 'us ceistean lionmhor gun fhéum a thàinig o theagasg mhearachdach, bhitheadh agad sith làn agus phailt, agus dearbh-bheachd taitneach amhàin le beachdachadh air Crìosd féin neach a's è cuspair a' chreidimh. Thig, matà, agus faic Uan Dhé. Leig dhìot an dràst na ceistean agus gach teagamh a ta agad mu do thimchioll féin, agus feuch an gabh iad uile socrachadh le amharc suas gu dìreach air Iosa. Cò è Iosa? Is esan Mac Dhé, agus Mac an duine. Is è uchd an Athar 'àit-còmhnuidh o shìorruidheachd; gidheadh dh'ìlsich se e-féin gu bhì 'n a naoidhean gun smal do'n òigh. Cìod an teachdaireachd air an tàinig è do'n t-saoghal so? Thàinig è a dh-fhoillseachadh an Athar, agus a shaoradh an duine. Cìod an sgéul a ta air 'innseadh le breith, le beatha agus le bàs Iosa, mu chridhe caomh an Athar? Cìod a tha seal-ladh agus guth agus briathran agus oibrean agus slighean Iosa Crìosd a' labhairt? Nach 'eil freagairt do na nithibh sin uile air 'fhilleadh suas anns na briathraibh so "gràs agus firinn?" Is firinn è gu dearbh, oir ma tha Dia gràsmhor, tha è fìor. Cha cheadaicheadh Dia do smal teachd air a naomhachd, a chum sligh 'fhosgladh d'a ghràs gu sruthadh amach. Cha bu ghràs Dhé è idir na'n tàinig smal air a naomhachd, no na'n robh a cheartas air 'fhàgail gun làn riarachadh ann am foillseachadh a ghràis. Agus cìod a chithear ann an sin uile, ach tuilleadh dearbhaidh do chridhe gach duine air mòr ghràdh

Dhé. Chithear firinn, naomhachd agus fireantachd ann an Iosa, air dòigh nach fhaicear iad ann an cuspair sam-bith eile. 'N a ghineamhuinn agus 'n a bhreith tha è air a nochdadh dhuinn mar an Ni Naomh a bha gu bhi air a bhreith leis an òigh Muire. Bu theisteanas iomlan air naomhachd neo-chrìochnaich Dhé, beatha Chrìosd gu léir. Gidheadh 'n a bhàs "rinneadh è 'n a pheacadh air ar son-ne," agus bha làn fhreagairt air a thoirt araon do na tha aig fireantachd agus naomhachd Dhé an aghaidh a' pheacaich a's ciontaiche agus a's mì-naomha, leis na dh'fhuilig Chrìosd mar fhear-iomchair-peacaidh; ghabh Dia an ìobairt a thug Chrìosd, agus ann an gabhail na h-ìobairt sin bha naomhachd agus fireantachd Dhé air am foillseachadh, agus air an glòrachadh air dòigh cho soilleir, cho dealrach, cho òirdheirc agus cho neo-chrìochnach, ionnus gur iongantas sìorruidh so do luchd-àiteachaidh nèimh agus na talmhuinn.

Cha n-è mhàin gu'n do *ghabh* Dia an ìobairt mhòr so, ach is è gràdh Dhé féin a *dh'ullaich* i air tùs. Thàinig Chrìosd anns an fhèil. Is tiodhlac o ghràdh Dhé Chrìosd, agus O ! cia mòr an tiodhlac sin ! "Is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal, gu'n d'thug è aon-ghin Mhic féin chum as ge b'è neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a' bheatha sìorruidh aige." *Eòin* 3. 16. Am bheil thu da rìreadh a' creidsinn gur è Iosa Mac Dhé ? Matà, ciod ach gràdh—gràdh do pheacaich—an tiodhlac sin a bhuileachadh air daoine ? Agus ciod ach gràdh a bheireadh air Chrìosd teachd do'n t-saoghal so ? e-féin an fhianuis, an teachdair an tiodhlac, agus an guth a' foill-

seachadh gràdh Dhé, an t-Athair! Am bheil thus' ag iarraidh fios 'fhaotuinn ciod a tha ann an cridhe caomh an Athar dhuit? Cha do chaomhainn è a Mhac féin. Am b'urrainn thu dearbhadh na's mò na sin iarraidh air iochd an Athar? Cò dhà bu dàna smuaineachadh air an dearbhadh so, gus an tug Dia féin è? Am bheil thus' ag iarraidh fios 'fhaotuinn air an iochd agus air a' ghràdh a bha 's a tha dhuit ann an cridhe blàth Chrìosd? Freagradh gach focal 'n a eachdraidh a' cheist. Nach do dhealraich gràdh 'n a shùil; nach do labhair gràdh ann am fuaim a ghuth, agus nach do nochd gràdh e-féin anns gach focal a thàinig às a bhéul, agus nach robh gach obair a rinn è air a lìonadh le gràdh, fhad 's a bha è 'saothrachadh gu foighidneach, gun sgìos air thalamh? An do thilg è riamh aon neach air falbh uaith? An dubhairt è riamh ri neach air-bith tha thu ro ghràineil gu bhi air do ghabhail leam-sa? An Tì a shuidh aig biadh ann an tigh Lébhi, an cìs-mhor, an urrainn teagamh a bhi agad nach gabh è riut-sa? An Tì a labhair cho caoimhneil ris a' mhnaoi aig tobar Iacoib, agus ise ag éisdeachd ris, 'us esan a' labhairt mu'n Athair, agus ag innseadh dhì gu'm bheil an t-Athair ag iarraidh pheacach bochd, ciontach, mar bha i-féin, gu bhì 'n an luchd-aoraidh dhà, agus ag ràdh rithe mar fhreagairt d'a feòrachadh mu thimchioll a' Mhesiah, "Is mise e a tha 'labhairt riut,"—an urrainn teagamh a bhi agad ann an gràdh an Tì sin do pheacaich? An saoil thus' an robh féum aig a' mhnaoi ud air tuilleadh dearbhaidh air a ghràdh an déigh dhà labhairt rithe, agus an déigh dhì-se fios 'fhaotuinn cò an

Ti a bha 'labhairt rithe? Làthaireachd Chrìosd aig an tobar—Cruthaidhear an t-saoghail—'g a ilseachadh féin cho ìosal 's ag iarraidh air boirionnach bochd, ciontach cupan uisg' a thabhairt dà chum e-féin ùrachadh, agus ag iarraidh sin uaipe amhàin a chum a cridhe-san 'fhosgladh agus a chum a treòrachadh gus an t-àrd bheannachd iarraidh air-san, agus mar sin a' deanamh rathaid réidh dhà chum an t-uisg beò a thoirt dhì—cò às a thàinig sin uile ach o ghràs neo-chrìochnach a's dèarbh-bheachd dheth-féin do gach cridhe, cho luath 's a dh-aithnichear leis è gu ceart?

So anis, matà, an Slànuighear a ghabhar le creidimh. “Ach a mhead as a ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'n an cloinn do Dhia, eadhon dhoibh-san a tha 'creidsinn 'n a ainm.” *Eòin* 1. 12. Is ànn le *gabhail* ri Chrìosd a bhith-eas tu air do theàrnadh. Cuimhnich is ann le Chrìosd féin amhàin a bhitheas tu air do theàrnadh, agus cha n-ànn idir le airidheachd, nò éifeachd a ta *anns a' ghnìomh leis an gabh thu ris*. An t-sùil a shocraicheas i-féin air Iosa, chì ì ànn iomhaigh an Dé neo-fhaicsinnich, agus aithnicidh ì le amharc air-san gur “gràdh Dia.” A' ghluas a dh-éisdeas ri Iosa, cluinnidh agus gheibh ì o 'bhéul féin dearbh-bheachd air gràdh Dhé às am faod gach aon anam òl gu saor, agus o nach 'eil an ciontach a's gràineile air a ghlasadh amach. An cridhe sin a ghabhas ri Iosa, gabhaidh è slàint agus a' bheatha mhaireannach. Na'n leigeadh tu dhìot na teagamhan bochd sin a ta agad umad-féin, agus na'n aithnicheadh tu da rìreadh cò è Iosa, agus cìod an teachdaireachd air an tàinig è do'n t-saoghal so—bheireadh sin

dheth-féin ort a mhothachadh gur è do bheatha teachd d'a ionnsuidh—nach diùltar aon neach a thig d'a ionnsuidh—bhitheadh do chridhe air 'fhuasgladh o gach teagamh, agus gheibheadh tu thu-féin aig do dhachaidh 'an làthair do Thigh-earna fìor ghràs-mhor.

“Seadh,” arsa tusa, “na'n robh mise 'n a làthair! Hò! nach robh mise ameasg an t-sluaigh ud 'nuair a shìn a' bhean amach a làmh agus a bhean i ri Iosa! Hò! nach robh mise faisg air a' chrann-chéusaidh, 'nuair a labhair an gaduiche 'us è fo smachd a' bhàis, a' lan-chreidsinn ann an Crìosd!” Mo lèughadair ionmhuinn, cha robh éifeachd theàrnaidh air-bith anns na nithe sin 'fhaicinn leis an t-sùil, no 'n an cluinntinn leis a' chluais. Nach lionmhor neach a chunnaic agus a chuala Iosa fad a chuairt air thalamh, nach 'fhaca maise na's mò ànn gu'n iarraidh iad e', na chithear le mòr shluagh a chluinneas agus a léughas m'a thimchioll air an là an diugh. Dh-fhaodadh an t-sùil nadurrail Crìosd 'fhaicinn, agus a' chluas nadurrail a ghuth a chuinntinn; seadh dh-fhaodadh an cridhe féin smuaineachadh air gu teànn, ach is è *creidimh* a chitheadh è da rìreadh, a dh-éisdeadh ris da rìreadh, a ghabhadh ris da rìreadh, agus a dh-aithnicheadh da rìreadh cò è. Is è *sin amhàin* a b'urrainn làn fhios air sìth a thoirt do'n anam.

Abair gu'n d'rinn luchd-àiteachaidh dùcha ceannairc, no àr-amach an aghaidh rìgh laghail na tìre. Ach is duine còir, caoimhneil, fad-fhoighidneach an rìgh; cha n-àill leis céuman fiadhaich, garbh, garg a ghnàthachadh air bàll a chum na ceannaircich ud a chìosnachadh agus a

thoirt gu ùmhlachd. 'An àit sin a dheanamh, buinidh è riu le gràdh mòr, a' gnàthachadh gach meadhoin, a b'urrainn cridhe gràdhach a dheilbh, a chum an toirt air an ais gu ùmhlachd dhà. Cuiridh è teachdairean glìce d'an ionnsuidh—cuid diubh ann an inbhe àrd agus cuid ann an inbhe ìosal—a chum an comhairleachadh, am misneachadh, a chum rabhadh a thoirt doibh agus guidhe orra pilleadh. Ach cha phill iadsan an déigh sin uile. Tha iad cho ceannairceach 's a bha iad riamb, agus an cridheachan a' sìor-chruadhachadh na's mò agus na's mò. Mu dheireadh bheir an rìgh ionnsuidh chaoimhneil eile air an cìosnachadh. Cuiridh è a mhac féin d'an ionnsuidh, ach cha n-ānn le armait mhòir a chum dìoghaltas a dheanamh air an eas-ùmhlachd, agus a chum iad-féin a sgrios le teine agus claidheamb mar thoill iad; cha n-ānn idir, ach a chum frithealadh dhoibh 'n an uireasbhuidh. Thàinig am Mac anis ann an éideadh fìor iriosal, agus chithear è ud, am easgnan ceannairceach, 'us è nis a'saothrachadh 'n am measg gu caomh, caoimhneil,—a' sìtheachadh am bròin—a' slànachadh an créuchdan—a' frithealadh d'an easbhuidhean air gach dòigh—ag innseadh dhoibh gu'm bheil mòr thruas aig 'Athair riu—gu'm bheil è ullamh agus toileach an gabhail air ais air bàll—agus làn mhaitheanas anns na chaidh seachada thoirt do gach aon diubh a philleas ris, a ghéilleas dà, agus a tha toileach a thròcair a ghabhail. Ach aig an àm chéudna, tha am Mac ag innseadh dhoibh gu soilleir gu'm bàsaich gach duine ceannairceach nach pill gu ùmhlachd. Agus ciod anis an toradh a thigeadh á cùis mar sin? Bhitheadh an toradh do réir na dòigh air

an gabhadh sluagh ri mac an rìgh. An sluagh, mo chreach ! a' mhòr chuid, a ta suidhicht' air olc agus air an cruadhachadh ann an ceannairc, a' deanamh tàire air an éideadh ìosal, bhoc,^{ho} neogiamhach anns am facas mac an rìgh, cha chreideadh iad idir gu'm b'è mac an rìgh. Cha b'fhìach leo idir, mar mhac rìgh, duine cho ciùin, cho iriosal agus cho gràdhach. Is ànn a dheanadh iad, an lorg nam buaidhean sin, fanaid agus dìmeas air. Dh-fhaodadh beagan sluaigh a bhi 'n am measg a bha toileach dealachadh ri comunn nan ceannairceach, ach a bha fathast fo theagamh an gabhadh maitheanas faotuinn gus an tàinig mac an Rìgh. Chitheadh iad sin 'n a ghnùis, chluinneadh iad 'n a bhriathraibh, agus gheibheadh iad 'n a uile shlighibh, nithe mais-each leis am bitheadh iad air an tàladh gus am muinighin a chur ànn; agus gus an deanamh cìnnteach air maitheanas o'n rìgh, 'athair. Gheibheadh iad gach nì do réir mar dh-aithnicheadh iad da rìreadh cò è agus cìod è am mac. Ah seadh, agus cò riamh d'am aithne gur è Iosa Emànuel, Dia maille ruinn—cò riamh a chunnaic 'n a theachd, ann an gràdh agus ann an tròcair do'n t-saoghal cheannairceach so “gu'n robh Dia ann an Crìosd, a' deanamh an t-saoghail réidh ris-féin, gun a bhi a' meas an cionta dhoibh”—gun a choguis a bhi air a sìtheachadh, a chridhe air a dheanamh socrach, agus 'anam air a neartachadh gu aideachadh gur è Iosa a Shlànuighear, a chuibhrionn, agus na h-uile nithe dhà ?

Ach is beag a labhair sinn fathast air an àrd theagasg so. Dh-fhaodadh na chaidh a ràdh a bhi air a labhairt 'nuair a bha Iosa ag imeachd air

an talamh so, cho maith 's a dh-fhaodar a ràdh 'us è nis air deas làimh Dhé. Bha Iosa beò ach dh'fhuilig è am bas 's an déigh sin thogadh suas o na mairbh è, agus chaidh è suas air nèamh, far am bheil è beò gu sìorruidh gu eadar-ghuidhe 'dheanamh, agus o nèamh chuir an t-Athair an Spiorad Naomh anuas, ann an ainm a Mhic, a dh-fhoillseachadh na h-éifeachd a ta 'n a ainm, agus a dh-innseadh cho cinnteach 's a tha slàint shìorruidh do na h-uile 'chreideas ànn. Bha obair aig Crìosd ri dheanamh airson an duine, cho maith ri teachdaireachd a thoirt o Dhia. 'Nuair a dhùisgear a' choguis gu ceart mhothachadh air peacadh, aithnichidh neach gu làn gur peacadh am peacadh, agus gu'm féumar dealachadh ris, mu'm faodar seasamh an làthair an Dé naoimh. Tha gràdh ann an Dia agus gràs ann an Iosa a dh-fhaodas ar cridheachan a thàladh agus a tharruing le muinighin d'an ionnsuidh, an déigh do ar sùilean a bhi air am fosgladh. Ach tha Dia naomh agus is è Crìosd dealradh a naomhachd agus a ghràs, agus ciamar a sheasas peacaich, mar tha sinne, an làthair Dhé, no ciamar a dh-amhairceas sinn air dealradh a làthaireachd? Is ceist sin a dh-fhéumar a fhreagairt a chum sìth a thoirt do'n choguis, agus a chum làn mhuinighin agus làn fhois a thoirt do'n chridhe. Matà, gheibhear làn fhreagairt do'n cheist sin ann an Iosa. Cha n-ànn 'n a bheatha, ach 'n a bhàs. Cha n-ànn anns a' ghràs bheò a dhealraich amach 'n a oibribh, agus 'n a bhriathraibh, agus 'n a shlighibh uile, ach ann an dòrtadh 'fhola agus anns an dearbhadh a ta againn o aiseirigh Iosa gu'n robh 'fhuil air a gabhail leis an Athair, agus gu'n tug è air falbh

peacadh le e-féin a thabhairt suas mar ìobairt. Seadh cha bu leòr le Iosa gràdh an Athar 'fhoillseachadh do pheacaich—sheas e-féin an làthair Dhé mar fhear-ionaid 'an àit nam peacach, agus chrìochnaich è a bheatha air thalamh le làn ùmhlachd a thoirt do lagh Dhé, le e-féin a dheanamh 'n a pheacadh air ar son-ne, agus dh'fhuilig a cheànn glòrmhor, naomh na buillean ceartais sin a thoill sinne an lorg ar peacaidh, agus dh'òl è gach aon bhoinne de chupan corruich Dhé, a ta naomh agus ceàrt, thug è, mar gu'm b'eadh, às ar làmhnan féin è, agus chuir è 'n a làimh féin è. Ann an sin uile làn-ghlòraich è Dia. Iosa bheannaichte ! nach ìosal a chròm thus' thu-féin ! Cia mòr na tuiltean bròin agus uamhais leis an robh do chridhe caomh air a shàrachadh ! Agus fathast Thusa coimhlionta—sàr choimhlionta ann an tomhas neo-chrìochnach, ameasg nan àmhghar do-labhairt sin uile !

Mo léughadair ionmhuinn, so dhuit anis freag-airt do d'cheist mu'n pheacadh. Is ann fo uallach do-ìomchair a' pheacaidh a dh'fhuilig Iosa cràdh ro ghéur, a rinn è osnaich agus a fhuair è bàs. “ An sin an uair a ghabh Iosa am fion geur, thubhairt e, Tha e crìochnaichte : agus air cromadh a chinn da, thug e suas a spiorad.” *Eòin.* 19. 30. “ *Tha è crìochnaichte !*” Mar sin thubhairt Iosa beannaichte 'us è nis a' tabhairt suas a spioraid. Agus an saoil thus', a léughadair ionmhuinn, nach robh fios aige air meud na h-oibre mòir' a thugadh dhà ri dheanamh—nach robh fios aige ciod a bha aige ri *fhulang* agus ri *dheanamh* ann an oibreachadh amach slàinte do na h-uile a chreideas ànn tre

ghràs? Tha Crìosd ag ràdh, “Tha è crìoch-naichte,” agus tha Dia a’ cur a shéula ri crìoch-nachadh na h-oibre ann an suas-thogail Chrìosd le buaidh chaithream o’n uaigh. Is ànn ‘airson ar cionta a thugadh thairis Iosa’; agus mur bith-eadh éirig air a toirt airson ar cionta, mur bith-eadh, mar tha Iosa féin ag ràdh, gu’n robh na h-uile nithe air an crìochnachadh, ciamar a b’urrainn Dia a thogail o na mairbh? Ach thog Dia Iosa o na mairbh, agus chunnacas è le fianuisean taghta, daoine a bha, fad dhà fhichead là, ag ith agus ag òl maille ris an déigh ‘aiseirigh, agus a bha fad am beatha an déigh sin a’ dean-amh fianuis air aiseirigh Iosa;—fianuis a bha air a séulachadh le fuil na cuid ’bu mhò dhiubh. Rinn iadsan fianuis air na chunnaic agus na chual’ iad. Ach bha féum air fianuis eile chum na nithe nach fhaca agus nach cual’ iadsan inn-seadh gu soilleir. Agus aig an àm iomchuidh thàinig an fhianuis sin. Chunnaic na deisciobuil an Tighearn an déigh dhà éirigh, agus chual’ iad a ghuth air thalamh, agus chunnaic iad è ’dol astigh do nèamh; ach ciod a thachair an déigh dhà ’dhol astigh do nèamh? féuma’ sin innseadh amhàin leis an aon a ta comasach fianuis a dheanamh air. Agus ciod a tha è nis ag innseadh dhuinn? Ann an labhairt air Iosa, d’an dreuchd Dia a ghlòrachadh, tha Dia féin ag ràdh, “Nuair a ghlan e ar peacaidhean troimh e-féin, shuidh e air deas làimh na mòrachd anns na h-àrdaibh.” *Eabh.* 1. 3. Tha è ’labhairt air “an dòchas a tha againn mar acair an anama, araon cinnteach agus daingean, agus a théid a steach do’n ionad sin a tha’n taobh-stigh de’n bhrat-roinn, far,” mar tha

Dia féin ag ràdh, “ an deachaidh an roimh-ruith-fhear a steach air ar son-ne, eadhon Iosa, a rinn-eadh ’n a àrd-shagart gu sìorruidh a réir òrduigh Mhelchisedeic.” *Eabh.* 6. 19, 20. Tha Dia féin ag innseadh dhuinn, “ air teachd do Chrìosd ’n a àrd-shagart nan nithe maithe a bha ri teàhd, tre phàilliun bu mhò agus bu dìongmhalta, nach d’rinneadh le làmhhaibh, sin r’a ràdh, nach robh do’n togail so; agus cha b’ann tre fhuil ghabhar agus laogh, ach tre ’fhuil féin a chaidh e steach aon uair do’n ionad naomh, air dha saorsa shìorruidh fhaotuinn dhuinne.” *Eabh.* 9. 11, 12. A dh’aon fhocal tha Dia féin ’g ar deanamh làncinnteach gu’m bheil fuil Iosa, a chaidh a dhòrtadh air thalamh, air a gabhail air nèamh, mar fhuil anns am bheil luach ’us éifeachd cho mòr ionnus gu’m bi peacaidhean agus éuceartan nan uile a chreideas innte, cha n-è mhàin air am maitheadh dhoibh, ach fòs air an dì-chuimhneachadh; “ Oir le aon iobairt rinn e chaidh foirfe iadsan a ta air an naombachadh. Agus tha an Spiorad Naomh mar an ceudna a’ deanamh fianuis duinne air na nithibh so : oir an déigh dha ràdh roimh, is e so an coimhcheangal a ni mi riu an déigh nan làithean ud, tha an Tighearn ag ràdh, Cuiridh mi mo reachdan ’n an cridhe, agus sgrìobhaidh mi iad air an inntinn : agus am peacanna agus an eucearta cha chuimhnich mi ni’s mò.” *Eabh.* 10. 14-17.

Sin anis, mo léughadair ionmhuinn, teisteanas Dhé air pearsa agus air obair Iosa, a Mhac gràdhach. Is ann le creidsinn anns an teisteanas sin a gheibh sinn *dearbh-bheachd* air slàint. Ach gu tric is g̃inn a chreideas muinntir teachdair-

eachd gu lān gus am faic iad gu'm buin i, no gu'm bheil i chum féum dhoibh-féin. Is ānn an uair a chì thu bho dhearbhadh agus o ùghdarras soilleir gu'm buin an ni, a thatar ag innseadh, dhuit-féin a thig thu gu gabhail ris mar fhìrinn. Na'n innseadh neach dhuit gu'n "do chaochail duine saoi bhir thàll ann an Russia beagan làithean roimhe so agus gu'n d'fhàg è dìleab mòr," dh-éisdeadh tu ris an teachdaireachd le aire glé bheag. Chreideadh tu i mar nì ris nach robh gnothach agad. Ach cluinn gu'n d'rinn "an duine saoi bhir ud dìleabach dhiot-féin air a shaoibhreas mòr uile." Anis bheir thu deadh aire do'n naigheachd. Ach ged a chuala tu gu'm buin an naigheachd dhuit-féin, is gānn is urrainn thu sin a chreidsinn. "Cò," arsa tus', "a dh-fhàgadh oighreachd agam-sa ann an Russia? Cha n-'eil luchd-dàimh, no caraid, no fear-eòlais air-bith agam-sa 's an tìr sin. Cha n-urrainn an naigheachd a bhi fìor idir." Is maith is aithne dhuinn mar dh-oibricheas an ìntinn fo chùis mar sin. Faodaidh an teachdaireachd a chuala tu 'bhi fìor, ach is maith leat làn dearbhadh soilleir 'fhaotuinn air a' chùis mu'n socraich thu do chridhe air an dìleab mar nì cìnnteach dhuit. *Anis is ānn mar sin a gheibhear a' chùis do thaobh an t-soisgeil.* Faodaidh tu fìrinn bheannaicht' an t-soisgeil a chluinntinn, agus aontachadh leis an fhìrinn sin air dòigh fhuasgailte, chumanta, cho fad 's a gheibhear thu gun mhothachadh ceart gu'm bheil gnothach agad-féin ris an t-soisgeul. Ach an uair a dhùisgear do choguis agus a chì thu do pheacadh agus do thruaighe, agus a mhothaicheas tu truimead do chionta nis a' bualadh ort gu trōm,

agus a thig slàint d'anama gu bhi 'n a ceist ort, an sin bithidh fios agad cia duilich leat an soisgeul a chreidsinn, agus mothaichidh tu gu'm feùm thu dearbhadh 'fhaotuinn air o'n ùghdarras a's àirde chum sith cheart a thoirt do d'anam. Anis, matà, mo léughadair, is ann an so a choinnicheas Dia ruinn 'n a ghràs. Gun teagamh tha féum againn air an dearbhadh a's àirde air teachdair-eachd an t-soisgeil. Ach ciod an t-ùghdarras? ciod an dearbhadh a b'àill leat? An urrainn thu ùghdarras na's àirde na Dia féin 'fhaotuinn? Agus nach è Dia féin ùghdair an t-soisgeil, a tha gu soilleir a' foillseachadh nan nithe sin dhuit 'na fhocal? "Mar tha Dia firinneach," deir an t-Abstol, "cha b'e ar còmhradh ribh-se Seadh agus cha-n Eadh. Oir Mac Dhé Iosa Criosd, a shearmonaicheadh 'n 'ur measg-se leinne, eadhon leam-sa agus le Siluanus, agus le Timoteus, cha robh e 'n a Sheadh agus 'n a cha-n Eadh, ach annsan bha Seadh." 2 Cor. 1. 18, 19. Is è Iosa Criosd, Mac Dhé, a shearmonaich na h-Abstoil, agus "mar tha Dia firinneach" b'è sin an cinnt-eas daingnichte—àrd theisteanas nan uile nithe a dh'fhoillsich 's a theagaisg iad. Am b'àill leat tuilleadh seach sin? Iosa Criosd, Mac Dhé agad mar *chuspair* do chreidimh; agus firinn Dhé féin, an àrd fhianuis, agad mar stéidh do chreidimh. "Mar tha Dia firinneach!" Gu cinnteach geda bhitheadh mìle anam aig neach gu bhi air an teàrnadh, bu leòr sin dhoibh uile.

Cuimhnich, matà, gur è creidimh gabhail ri fianuis Dhé gu toileach. Féumar a gabhail mar fhianuis Dhé, oir mur gabh, cha n-'eil creidimh idir agad ann an Dia. Eisdidh creidimh ris an

ni a tha Dia ag ràdh—agus freagraidh è dhà, ag ràdh gu'm bheil Dia firinneach; agus cha n-è mhàin gu'm bheil è firinneach, ach gu'm *bheil Dia firinneach* a tha 'toirt na fianuis. Is ann air *fìrinn—air fìrinneachd* Dhé féin, a gheibh an t-anam fois. Tha Dia a' tabhairt fianuis mu Iosa : an neach a ghabhas an fhianuis sin tha è 'cur a shéula ris, gu'm bheil Dia fìor ! Cia làidir am bōnn sin a chum an t-anam a shocrachadh air gu sìorruidh !

Is ann mar sin a chreid Abraham 'n a là féin. Labhair Dia ris, agus “chreid Abraham Dia.” Faodaidh neach creidsinn anns an fhìrinn—gu'm bheil Dia ānn, agus gur è Dia Israeil, no Dia nan Criosduidhean, an Dia fìor. Ach cha dean sin an gnothach dheth-féin. Tha Dia a' labhairt, agus creididh fìor chreidimh è. Creididh è focal Dhé, gabhaidh è fianuis Dhé, a chionn gu'm bheil è 'g a creidsinn. Ach faic anis mar dh-fhaodas neach a bhi air a mhealladh do thaobh a chreidimh. Faodaidh mì fìrinnean na diadhachd a chreidsinn uile, do bhrìgh gu'n robh iad air an teagasg dhomh le mo mhàthair 'us le m' athair, 'nuair a bha mì òg, no do bhrìgh gu'm bheil an eaglais, anns an robh mì air mo thogail, a' creidsinn ànnta, no do bhrìgh gu'm bheil am ministear a's taitniche leam 'g an searmonachadh, no do bhrìgh gu'm bheil mì 'g am faotuinn air am mìneachadh le ùghdairean diadhaidh, no do bhrìgh gu'm bheil iad a' còrdadh ri réusanachadh 'm ìntinn féin, mar nithe a ta fìor. Ach cha chreidimh siu uile; is è sin ri ràdh cha chreidimh diadhaidh è, cha chreidimh tèarnaidh è. Faodaidh gur creidimh è ann mo phàrantaibh, anns

an eaglais, ann mo mhinistear, ann mo chuid leabhraichean, ann mo thuigse féin—ach cha n-è sin creidimh ann an Dia. Agus cha n-urrainn è sìth a thoirt do m'anam. Is ann ri Dia féin a tha mo ghnòthach anns gach uile ni a bhuineas do mo theàrnadh, no do mo dhìtheadh, agus cha n-urrainn ni sam-bith na's lugha na guth Dhé féin sìth agus dearbh-bheachd a thabhairt domh. Cha n-ānn do mo phàrantaibh, no do'n eaglais, no do mo mhinistear, no do mo réusan féin a tha agam ri cùntas a thoirt, ach do Dhia. Ciod, matà, is urrainn mo dheanamh cìnnteach ach guth Dhé féin? Càit an cluinnear a ghuth? *Ann "am focal a ghràis."* Is ann le oibreachadh cumhachdach a Spioraid a bheirear a ghuth gu soilleir, dìreach a dh-ionnsuidh mo chridhe, agus a dh-fhosgailear mo chridhe chum éisdeachd ri guth Dhé féin air thoiseach air gach guth eile. Ach is ann leis an fhocal a tha an Spioraid ag oibreachadh air a' chridhe. Is ann o éisdeachd a thig creidimh, agus éisdeachd tre fhocal Dhé. *Ròm. 10. 17.* Agus aréir sin tha sinn a' léughadh mu "éisdeachd a' chreidimh." *Gal. 3. 2.* Agus ciod è sin "éisdeachd a' chreidimh?" Tha dìreach éisdeachd focail Dhé—fianuis Dhé mu Chrìosd—*mar Fhocal Dhé—mar fhianuis Dhé.* "Uime sin a ta sinne mar an ceudna a' toirt buidheachais do Dhia gun sgur, do bhrìgh 'nuair a ghabh sibh ri focal Dé a chuala sibh uainne, gu'n do ghabh sibh ris cha-n ann mar fhocal dhaoine, ach, (mar is e gu firinneach,) focal Dé, a tha 'g oibreachadh gu h-éifeachdach annaibh-sa a ta 'creidsinn."—*1 Tes. 2. 13.* Faodar Abstol, ministear, pàrant, caraid, leabhar, no trachd a ghnàthachadh mar

mheadhon a chum focal Dhé a mhìneachadh dhomh; ach is è am focal a ghabhail h-ugam *mar fhocal Dhé féin*, agus cha n-ann mar fhocal duine, a ni creidimh teàrnaidh dhomh. A dh' aon fhocal is è sin amhàin a bheir dhomh *dearbh-bheachd air slàint*.

“Seadh, seadh,” arsa tusa, “tha sin uile ag ràdh, no ag iarraidh a dheanamh amach gur creidmich sinn. Ach sin ni nach urrainn mis' a ràdh de mo thaobh féin; oir tha eagal òrm nach creidmheach idir mì.”

Cha n-éilear ag ràdh sin idir. Thog thu dochair mì, agus sin air iomadh dòigh. *Anns a' cheud àit*, gheibhear a' chuid a's mò de na labhair sinn ag ràdh nach 'eil annad-sa ach peacach ciontach, càillte, millte, bochd. Tha teagasg na firinn ag innseadh dhuit gu'n do ghràdhaich Dia do leithid-sa—gu'n do chuir è a Mhac féin do'n t-saoghal a shaoradh do leithid-sa—gu'n tug è thairis Iosa gu bàs a' chruinn-chéusaidh airson do leithid-sa—gu'n do ghabh è fuil agus bàs Iosa mar ìobairt-réitich airson do leithid-sa—gu'm bheil è gu saor a' toirt maitheanas do d' leithid-sa, agus gu'm bheil è a' làn-fhìreanachadh do leithid-sa gu sìorruidh, 'nuair a gheibhear thus' a' làn-mhothachadh d'fhéum air na nithibh sin agus a' cur do dhòchais anns na rinn è air do shon. Cha b'ann idir an déigh dhuinn fàs 'n ar creidimhich a thòisich Dia air sinne 'ghràdhachadh. Cha b'ann an déigh dhuinn fàs 'n ar chreidmich a nochd è a ghràdh dhuinn, agus a thug è Criosd a chum ar teàrnadh, “Oir air dhuinne bhi fathast gun neart, ann an àm iomchuidh bhàsaich Criosd air son nan daoine neo-dhiadhaidh.” “Ach a ta Dia a'

moladh a ghràidh féin duinne, do bhrìgh an uair a bha sinn fathast 'n ar peacaich gu'n d'fhuiling Criosd bàs air ar son." *Ròm.* 5. 6, 8. Thug Dia dhuinn làn dearbhadh 'nuair bu choigrich agus bu dhearg naimhdean dhà-san sinne.

Ach *anns an dara h-àit*, ciod è sin a bhi a'd' chreidmheach? Is cosmhuil thusa ri neach leis am b'àill ainm agus coslas àraid air-leth a chuir suas dha-féin mar chreidmheach, agus air dhuit a bhi a'd' chreidmheach àraid, ainmeil ghabhadh tu sòlas dhuit-féin anns a' chùis sin. Ach am bu chreidimh ann an Criosd sin? Am bu sòlas ann an Criosd, an sòlas a thig o'n t-seòrsa creidimh sin? Nach bu sheòrsa féin-fhìreantachd ghrinn è? Cha n-'eil thus' ag earbsadh annad-féin gur fìrean thu, mar bha na Phairisich a' deanamh, ach nach 'eil thu nis ag earbsadh annad-féin gur creidmheach thu, agus a' togail sòlais dhuit-féin o do chreidimh féin, 'nuair bu choir dhuit sòlas a ghabhail o Chrìosd, anns am bheil d'earbsadh agus o fhianuis Dhé *anns am* bheil thus' a' creidsinn? Ceadaich dhomh a chuimhneachadh dhuit arìst nach 'eil ann an creidimh ach *amhàin fear-gabhail*, ann an obair a' chreidimh. Cha n-'eil ann an creidmheach dheth-féin ach peacach ciontach, càillte, millte, truagh, no neach è aig am bheil a chridhe air 'fhosgladh a chum 'fhaicinn ann am breith, agus ann am beatha, agus ann am bàs, agus ann an aiseirigh, agus ann an dol-suas Iosa, agus ann am fianuis Dhé mu thimchioll Iosa, iomadh dearbhadh air gràdh Dhé dhà *mar tha è*—dearbhadh gu'n do bhàsaich Criosd air a shon *mar tha è*, agus gu'n d'eirich Criosd o na mairbh, a bhàsaich

air a shon *mar tha e*, agus gu'm bheil è nis air deas làimh Dhé. Is è àrdachadh so Chrìosd a dh-ionnsuidh àit' a' chumhachd a's àirde an dearbhadh mòr a ta againn-ne gu'm bheil peacaidhean a shluaigh, a dh'iomchair è air a' chrann-chéusaidh, air an glanadh air falbh gu bràth. Tha'n creidmheach air a dheanamh cìnnteach anns na nithibh sin uile, do bhrìgh gu'n do labhair Dia iad. Creididh è Dia gu'm bheil iad uile mar tha Dia féin ag ràdh.

Anis *anns an treas àit*, their thusa, "Cha n-urrainn mis' fhaicinn, cha n-urrainn mis' a dheanamh amach gur creidmheach mi." Theagamh nach eadh : agus mur creidmheach thu fathast, is mòr an tròcair do d'anam lán dearbhadh 'fhaotuinn nach eadh. Ach am bheil no nach 'eil thusa nis a' creidsinn na chaidh innseadh dhuit anns an leabhran so? "O tha mis' a' creidsinn," arsa tusa, "gu'n do chuir Dia a Mhac do'n t-saoghal so—tha mis' a creidsinn gur è Iosa Mac Dhé—gu'n do bhàsaich è airson ar peacaidhean—agus gu'n d'éirich è rìst o na mairbh. Tha mis' a' creidsinn sin uile ach"—Ah, stad na abair tuilleadh an dràst. Thuirt thu gu leòr air an àm. Tha thu nis ag ràdh gu'm bheil thu nis a' creidsinn nan nithe beannaichte sin. Ach carson a tha thu 'g an creidsinn? Ciod a tha 'g a do dheanamh làn-chìnnteach gur firinn iad? An ann a chionn gu'm bheil do phàrant, do mhinistear, no an eaglais 'g an aideachadh? An è do fhreagairt, "Cha n-ann, ach tha mis' a' creidsinn nan nithe sin a chionn gu'n d'fhoillsich Dia iad mar fhìrinn." Agus am bheil thu nis a' creidsinn gu'm bheil Dia a' labhairt na firinn

an comhnuidh? “Gu dearbh is mì 'tha! oir tha è neo-chomasach do Dhia bréug a dheanamh.” Matà, léugh anis *Gnìomhra* 13. 38, 39. Tha thus' ag ràdh gu'm bheil thu nis a' creidsinn gur è Iosa Mac Dhé,—gu'n d'fhuilig è am bàs airson ar peacaidhean agus gu'n d'éirich è rìst o na mairbh agus gu'm bheil thu nis a' creidsinn nan nithe sin a chionn gu'n do labhair Dia iad. So dhuit, matà, tuilleadh dearbhaidh air a' chùis o f hocal Dhé féin. “Uime sin biodh fhios agaibh-sa, fheara agus a bhràithre, gur ann tre'n duine so a ta maitheanas pheacanna air a shearmonachadh dhuibh : agus trid-san a ta gach neach a chreideas *air a shaoradh o na h-uile nith-ibh*, o nach robh e'n comas duibh 'bhi air bhur saoradh le lagh Mhaois.” *Gnìomh.* 13. 38, 39. Am bheil teagamh agad anis? Am bheil imcheist ort ri sin? Nach ùghdarras focal Dhé air aon nì cho maith ri nì eile? Nach d'aidich thu-féin air an uair gur eadh? Ma's ānn amhàin a chionn gu'm *bheil Dia 'g a ràdh* a tha thus' a' creidsinn gu'm faighear maitheanas pheacaidhean, is aon thusa ris am bheil Dia ag ràdh, mar chreidmheach, gu'm *bheil thu air do shaoradh*. Nis ma's è aimhreit dhorch d'inntinn leis am bheil thus' air do chumail gun sealladh soilleir air a' chùis so, gu'n deònaicheadh Dia gu'm bi do dhorchadas air a sguabadh air falbh. Ach ma tha thusa 'g a do mhealladh féin le smuaineachadh gur creidmheach thu, agus tu fathast gun mhothachadh ceart idir agad gur peacach càillte, ciontach thu air do dhiteadh an làthair Dhé, gu'n deònaicheadh Dia gu'm bi do shùilean air am fosgladh anis. Is uamhasach an staid anns am fosgailear

sùilean mhiltean a ta beò an diugh fo ainm Chriosduidhean anns an tìr so, 'nuair a bhitheas è ro anmoch dhoibh iarraidh a dh-ionnsuidh Chriosd. Mo léughadair ionmhuinn, gu'n deanadh an Spiorad Naomh do pheacadh a dhearbhadh ort-sa, am peacadh dubh, tròm fo'm bheil thu, mur 'eil thus' a' creidsinn ann an Chriosd, agus a' gabhail ris gu toileach.

“Seadh,” arsa tusa, “ach na'n robh an Spiorad Naomh agam shaoilinn nach bitheadh toradh cho gānn air 'fhaicinn annam. Gheibh mì mi-féin cho mì-thoileach agus cho mì-chomasach air maith sam-bith a dheanamh, agus olc ag oibreachadh annam, ionnus gu'm bheil eagal òrm nach creidmheach idir mì.”

Mo charaid, is feàrr gu cìnnteach beatha gach aoìn aig am bheil an Spiorad Naomh a' gabhail còmhnuidh ànn na beatha duine neo-ìompaichte, ach geda chitheadh tusa toradh an Spioraid gu soilleir, pailt agad-féin, cha b'ānn air sin a ghabhadh do shìth agus do dhearbhbheachd suidheachadh. Agus cha n-ìarradh aon air-bith, aig am bheil fìor ghràdh do d'anam, do dheanamh cìnnteach mu thimchioll do shlàinte le do dheanamh cìnnteach gu'm bheil thu nisa' toirt amach toraidhean an Spioraid. Cha teachdaireachd idir an soisgeuldhoibh-san aig am bheil an Spiorad achum a dhearbhadh dhoibh gu'm bheil iad sàbhailt, ach is teachdaireachd è o Dhia do pheacaich bhochd, chiontach, ag ìnnseadh dhoibh gur è Iosa an Slànuighear; agus an uair a ghabhas sinn da rìreadh ris an teachdaireachd so, mar theachdaireachd o Dhia, tha sinn a' gabhail an Spioraid Naoimh. Is è obair an Spioraid leis an teachdaireachd, 'nuair a ghabhas

an t-anam astigh an teachdaireachd, a bheir dearbh chinntes dhuinn gu'm bheil sinn a' gabhail an Spioraid, mar sin bithidh fios againn cho iongantach 's a tha an teachdaireachd féin, fios air gràs Dhé a thug dhuinn ì, fios air gràdh Chrìosd, agus fios mu phearsa agus mu oibribh Chrìosd air am bheil an teachdaireachd a' labhairt ruinn.

Tha dà éifeachd a' teachd o làthaireachd an Spioraid, eadhon *Naomhachd* agus *Saorsa*. Is ì saorsa a' cheud éifeachd a thig. "Far am bheil Spiorad an Tighearna, tha saorsa an sin." 2 *Cor.* 3. 17. An neach anns am bheil an Spiorad a' gabhail còmhnuidh, no an creidmheach, chì è Dia air 'fhoillseachadh ann an Crìosd agus air a ghlòrachadh leis an ìobairt iomlan a thug Iosa suas, ionnus, ged is truailidh, neo-airidh agus aingidh an neach sin ànn-féin, gu'm mothaich è ànn-féin gu'm bheil dachaidh agus saorsa aige 'an làthair Dhé. Tre chreidimh chì è "glòir Dhé ann an gnùis Iosa Crìosd." 2 *Cor.* 4. 6. Agus is ì ceud éifeachd an t-seallaidh sin, sìth agus saorsa thaitneach a thabhairt. Faic anis an *éifeachd naomhachaidh* a thig o'n Spiorad. "Air bhi dhuinne uile le aghaidh gun fholach, ag amharc mar ann an sgàthan air glòir an Tighearna, tha sinn air ar n-atharrachadh chum na h-ìomhaigh ceudna, o ghlòir gu glòir, mar le spiorad an Tighearna." 2 *Cor.* 3. 18. Sin anis an t-òrdugh anns an tig an dà éifeachd mhòr sin o làthaireachd an Spioraid. Ach b'àill leats' a' cheud aon diu sin a chur 'an àit an dara h-aoin. Iarraidh tu *naomhachd* chum gu'm faigh thu *saorsa*. Tre chreidimh amhaire suas ri Iosa air

deas làimh Dhé, agus chì thu an làthair an Tì sin, a ghiùlain ar peacaidhean uile, cho làn 's a thug è air falbh na peacaidhean sin, agus cho làn-thaitneach 's a nochdar thu-féin leis am fianuis Dhé. Ma leanas tu air amharc suas, bheir an Spiorad comas dhuit air amharc na's mò agus na's mò, foillsichidh è dhuit an Cuspair air am bheil thus' ag amharc, agus bheir è thu céum air chéum gu bhì air "d'atharrachadh chum na h-ìomhaigh ceudna." Ach cha n-fhaighear an t-saorsa so gu bràth le do shùilean a philleadh air falbh o Iosa féin, chum ìomhaigh Iosa 'fhaicinn annad-féin. "Feuch Uan Dhé, a tha 'toirt air falbh peacaidh an t-saoghail." Ag amharc air-san, tha thu saor: lean ag amharc air-san, agus gheibh thu cuid de chruth na glòire sin a tha cho maiseach a' dealradh 'n a ghnùis.

"Ach," arsa tusa, "nach 'eil comharraidhean Sgrìobtuireil ānn leis an aithnichear Criosduidhean o mhuinntir eile?"

Gu dearbh tha. Ach cha n-fhaigh duine sìth agus dearbh-bheachd air slàint le creidsinn gur Criosduidh è, ach le faotuinn amach gur peacach cailte, truagh è, agus gur è Criosd an Slànuighear làn-fhoghainteach airson a leithid. Tha comharraidhean anns an Sgrìobtuir leis an aithnichear fìor Chriosduidhean, agus tha iomadh crìoch aig na comharraidhean sin. Cuid diu chum cealgadairean 'fhaotuinn amach. "Cìod an tairbhe, mo bhràithrean, ged their aon neach gu bheil creidimh aige, agus gun oibre 'bhi aige? An urrainn creidimh a theàrnadh? *Seum.* 2. 14. Faodaidh duine sam-bith a ràdh gu'm bheil creidimh aige, agus 'oibrean a' dearbhadh nach

'eil aon sràd de chreidimh teàrnaidh aige. An urrainn creidimh faoin, falamh mar sin a theàrnadh? Tha cuid de na comharraidhean a chum a thoirt air Criosduidhean faire 'dheanamh an aghaidh luchd-meallaidh. Nach tric a chluinnear muinntir ag ràdh ruinn gu dìan gu'm féum neach a bhi de'n fhìor eaglais—a' ciallachadh na h-eaglais aca-féin ciod-air-bith i—no gu'm féumar òrduighean àraid a ghabhail le neach o luchd-dreuchd na h-eaglais. Ach nach luachmhòr ionnsuchadh o'n Sgrìobtuir gur iad amhàin *creidimh* agus *gràdh* na comharraidhean àrd-fhéumail. "Oir is sibhse uile mic Dhé *tre chreidimh* ann an Iosa Criosd." *Gal.* 3. 26. Agus aríst, "Tha fhios againn gu'n deachaidh sinn thairis o bhàs gu beatha *a chionn gu bheil gràdh againn do na bràithribh.*" 1 *Eòin* 3. 14. Cha mhìorbhuil, cha n-òrdugh, cha shealladh nuadh agus cha taisbeanadh, ach creidimh agus gràdh. Cuimh-nich matà, ciod a tha Eòin ag ràdh, "Sgrìobh mì," deir Eòin, "na nithe so do 'ur n-ionnsuidh, mu thimchioll na dream a tha 'g 'ur mealladh." "Ach," their thusa, "nach 'eilear ag àithneadh dhuinn sinn-féin a cheasnachadh, am bheil sinn 's a' chreidimh?" 2 *Cor.* 13. 5.

Léugh nabriathran sin maille ris a' cho-theagasg, agus chì thu nach b'i idir a' cheist co aca 'bu chreidimhich na Corintianaich, ach co aca 'b'Abstol, Pòl. Léugh o thoiseach an treas ruinn gu deireadh a' chòigeamh ruinn de'n chaibdeil, agus chì thu air bàll nach è do bheachd-sa seadh nam briathran sin idir. "O tha sibh ag iarraidh dearbhaidh air Criosd a' labhairt annam-sa," . . . arsa Pòl, "ceasnaichibh sibh-féin, am bheil sibh 's a' chreidimh ;

dearbhaibh sibh-féin; nach aithne dhuibh sibh-féin, gu bheil Iosa Crìosd annaibh, mur daoine a chuireadh air cùl sibh.” Tha'n t-Abstol an so a' labhairt ris an t-sluagh ud air an diadhachd féin —an creidimh ann an Crìosd—mar làn dearbhadh gu'm b' Abstol esan, oir b' iadsan toradh a shaoth-air anns an Tighearn. Na'n robh teagamh aca gu'm bu Chrìosduidhean iad-féin, dh-fhaodadh iad cho maith sin teagamh a bhi aca gu'm b' Abstol, Pòl féin. Ach chì thu o na briathraibh ud gu'n robh iad air an aideachadh mar mhuinntir aig an robh fios gu'm bu Chrìosduidhean iad-féin.

“Ach,” arsa tusa, “nach 'eilear ag radh ann an àit eile, 'Ceasnaicheadh duine e-féin, agus mar sin itheadh è de'n aran so, agus òladh è de'n chupan so'?” 1 *Cor.* 11. 28.

Tha gu cinnteach : ach is ānn do fhìor Chrìosduidhean a thatar a' toirt na comhairle sin, agus cha n-ānn a chum iad-féin a cheasnachadh a dh-fhaicinn an Crìosduidhean iad, ach a chum, air dhoibh a bhi 'n an Crìosduidhean, gu'n rànsaicheadh iad an giùlain a dh-fheuchainn an robh iad a' ceadachadh dhoibh-féin ni sam-bith a dheanamh nach 'eil freagarrach ri bòrd naomh an Tighearna.

“Ach féumaidh duine fios a bhi aige gu'n do chreid è ann an Crìosd, chum fios 'fhaotuinn gu'm bheil è air a theàrnadh; ach cha dàna dhomh-sa sin a ràdh de mo thaobh féin,” arsa tusa; “sin an aon dòigh agus an dòigh chumanta air am faigh sluagh fios air, agus is ì sin an dòigh Sgrìobtuireil, ach cha dàna dhomh-féin a ràdh gur ì sin amhàin an aon dòigh, no idir an dòigh a's feàrr.

A dhuine ciod a tha thu nis a' ciallachadh? Ciod an dòigh eile b'urrainn a bhi ānn? Gabh-amaid cùis-shàmhlachaidh. Na'n robh ciontach, abair duine mòr, fo bhinn a' bhàis airson ceann-airc a rinn è an aghaidh rìgh na tìre, ach an àit a thoirt amach às a' phrìosan gu bhi air a chrochadh, mar thoill è, is ānn a tha litir-mhaitheanas air a sgrìobhadh agus air a séulachadh le làimh an rìgh, air a cur ann an làimh a' chiontaich mhòir sin, ag innseadh dhà gu soilleir gu'm bheil a chionta air a mhaitheadh dhà gu saor, agus gu'n cuirear fa sgaoil è air bàll, ma ghabhas è an litir. Faodaidh tu 'bhi cinnteach nach ann màll a ghabhas è ris an teachdaireachd. Léumaidh è air a' phàipeir, glacar leis è agus cuiridh è 'n a bhroilleach è. Grad-fhosgailear anis dorsan a' phrìosan, bheirear amach am prìosanach, agus cuirear è 'n a sheasamh an làthair an rìgh; gabhaidh an rìgh ris gu caoimhneil, agus bheir è àit suidhe dhà fagus da-féin aig a bhòrd, agus tòisichidh è ri còmhradh ris gu saor, sòlasach, 'g a àrdachadh gu oifig na's àirde na bha riamh aige, agus a' cur iomadh onoir air nach robh aige roimhe sin. Am b'urrainn thus' a ràdh ann an cùis mar sin, gur è fios a bhi aig an duine mhòr gu'n do ghabh è an litir a thugadh d'a ionusaidh anns a' phrìosan, *an aon dòigh* air am b'urrainn è fios 'fhaotuinne gu'm bheil maitheanas air a thoirt dà? Nach maith a fhaodar a ràdh, 'nuair a smuainichear air maitheas mòr, air caoimhneas iongantach, agus air fàbhar luachmhor an rìgh do'n duine chiontach—sochairean lionmhor a fhuair è 'us è gun dùil riu, agus neo-airidh orra—gu'n robh è nis agus gu bràth an déigh sin, air a lìonadh cho mòr le

mothachadh tàingeil air maitheas mòr a rìgh, ionnus gur gānn a smuainicheadh è gu bràth amhàin air gabhail na litreach a thugadh dhà anns a' phrìosan? Ach am bheil teagamh aige mu fhàbhar a rìgh? Cha n-'eil idir. Tha gach nì mu 'thimchioll, gach nì 'n a bheatha féin, ag innseadh dhà gach là nach 'eil àit teagamh idir ānn. Mar sin, matà, do thaobh na cùis' air am bheil sinn a' labhairt an so. Tha soisgeul gràis Dhé nis a' teachd a dh-ionnsuidh na muinntir a tha dùinte 'stigh ann am prìosan dubh, dorch a' pheacaidh, agus fo chionta 'us fo dhìteadh, agus tha maitheanas agus saorsa a mhealtuinn air a thairgse dhoibh tre Chrìosd, ma dh-fhosgaileas iad an cridheachan a chum an teachdaireachd thaitneach sin a ghabhail. Agus O! cia freagarach, cia fàilteach an teachdaireachd sin, a' teachd agus ag innseadh a sgeòil do'n choguis agus do'n chridhe; agus iadsan a ghabhas an deadh sgéul so, chì iad cia iongantach an sgéul; gheibh iad iongantas a ghràis a' sìor-fhàs ànnta-féin; bheir ear astigh leis iad fo thrusgan de iomlanachd Chrìosd, agus cuirear 'n an seasamh an làthair Dhé iad; cuairtichear iad le boillsgeadh soluis agus gràidh; fàiltichear le Dia iad mar a chlānn féin le tlachd 'us taitneas cho mòr, ionnus gu'n glaodh spiorad na h-uchd-mhacachd, Abba, Athair, gu toileach, aoibhneach 's an taobh-stigh dhiubh. Gu dearbh fàgar cìnnteach iad leis gach uile nì a chì sùil a' chreidimh gu'm bheil iad air an teas-airginn agus tuilleadh—gu'm bheil iad air an uchd-mhacachadh, air an séulachadh, air an ùngadh, air an crùnadh—ionnus nach ruigear a leas a ràdh idir gur ann o fhios gu'n do chreid

iad ann an Criosd, amhàin a ta fios aca gu'm bheil iad air an teàrnadh. Gluaisidh iad anns an t-solus eadhon mar tha Dia 's an t-solus. Gabhaidh iad còmhnuidh ann an Dia, agus gabhaidh Dia còmhnuidh ànnta-san; agus gheibh iad ann an cuairt am beatha spioradail agus ameasg nan iongantas nèamhaidh a chithear ann an Criosd, dearbh-bheachd cho soilleir, cinnteach air am beatha spioradail 'sa tha aca gu'm bheil iad anis beò 's an t-saoghal so, no bithidh iad gun teagamh, gun cheist idir air a' chùis. Och! is gānn an àireamh ann ar là, agus ann ar dùthaich-ne a a dh'iarr gu dùrachdach, dìchiollach làn dearbh-bheachd air slàint, agus mar sin a' socrachadh na ceiste mòire so eadar an anam agus Dia! Is là laigse so! Is dearbhadh brònach so gur bochd, ìosal a gheibhear ar staid araon 's an taobh-stigh dhinn agus mu-n-cuairt duinn!


Tha dòigh na's àirde agus na's feàrr ānn air am faighear dearbh-bheachd, na'n dòigh sin a dh'ainmich thus' ag ràdh, "Gu'm féum duine fios a bhi aige gu'n do chreid è ann an Criosd, chum fios 'fhaotuinn gu'm bheil è air a theàrnadh." Is dòigh làn Sgriobtuireil sin. Ach ciamar a tha fios aige duine gur creidmheach è? Ciamar a thuigeas mì gu'm bheil comas faicinn agam? An ann le mo shùilean a thionndadh astigh ri cùl mo chinn, ag iarraidh gun fhéum sealladh 'fhaotuinn de na nithibh dorch a tha anns an taobh-stigh dheth? Gu cinnteach cha n-ānn. Cha n-fhaighear sluagh cho faoin, neònach, amaideach ann an nithibh aimsireil, 's a gheibhear iad ann an nithibh spioradail. Is maith a tha fhios againn gu'n

tilgear amach an solus 'nuair a chuirear an t-sùil ann an töll dorchadais. Ach fosglam mo shùil fo sholus nèimh agus an sin tha fios agam gu'm faicear leam gach nì mu-n-cuairt dhomh. A léughadair ionmhuinn, is è Criosd cuspair a' chreidimh, agus Criosd mar tha è air a làn-fhoillseachadh dhuinn ann am focal Dhé. Léugh-am am focal sin. Eisdeam an fhianuis sin. Nach 'eil fhios agam co aca tha, no nach 'eil mis' a' creidsinn na fianuis sin? Gu cinnteach féumaidh an dara fios a bhi agam. Faodaidh mì mo shìth féin a mhilleadh, agus sòlas m'anam' a ghearradh air falbh le ceistibh lionmhor, draghail gun fhéum air a' chùis so—ceistean a bhitheadh air an sgaradh uam gu bràth le làn-ghabhail gu dìleas, toileach ris an fhianuis sin. Ach gun teagamh féumaidh fios a bhi aig gach neach co aca tha, no nach 'eil è nis a' creidsinn anns an fhianuis sin. “An tì a chreideas ann am Mac Dhé tha'n fhianuis aige ann-féin.” 1 *Eòin* 5. 10. Faodaidh an creidimh so a bhi làidir ann an cuid, agus lag ann an cuid eile, ach c'ait air-bith am faighear è air a laigead, AN SIN “THA A' BHEATHA MHAIREANNACH.” Agus an so ainmichear firinn mhòr eile a chaidh ainmeachadh roimhe so, agus a ta ann an dlùth-cheangal ris an *deicheamh* rānn, “Na nithean so sgrìobh mì do 'ur n-ionnsuidh, a tha 'creidsinn ann an ainm Mhic Dhé; chum gu'm bi fios agaibh gu bheil a' bheatha mhaireannach agaibh.” 1 *Eòin* 5. 13. Is è beachd an Abstoil gu'n robh fios aig an t-sluagh, gus an robh a litir air a sgrìobhadh leis, gu'n do chreid iad “ann an ainm Mhic Dhé,” agus tha è 'sgrìobh-

adh d'an ionnsuidh *chum gu'm bi fios aca gu'm bheil a' bheatha mhaireannach aca*. Gu'n deònaicheadh Dia, mata, gu'm faighear an fhios so leis gach Criosduidh, gun dearbh-bheachd a léughas an leabhran so, agus gu'm bi an teagasg so mar sin air a bheannachadh d'a anam !

Léugh an LEABHRAN so aríst 's aríst.

SCOTLAND. NATIONAL LIBRARY OF



x

